

Taobh a-staigh
pàipear na mìos
seo:



Soidhnichean
dà-chànanach gan
diùltadh

duilleag 2 agus 8



Bana-Thriath nan
Eilean

duilleag 4

Coinneachadh òigridh



Thèid Parlamaid nan Oileanach — aon de na prìomh thachartasan airson Gaidheil Alba is Èirinn a thoirt còmhla — a chumail ann an Corcaigh aig deireadh na mìos seo Sgeulachd duilleag 3

Mac a' Phearsain: Feumaidh na Gaidheil seasamh gu làidir air an casan

Bu chòir na Gaidheil seasamh air an casan agus dèanamh cinnteach gum tig na leasachaidhean ris an robh dùil ann an craoladh Gàidhlig.

Seo na thuirt leas-stiùiriche Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig, Seonaidh Ailig Mac a' Phearsain, agus e a' mìneachadh nach tàinig na h-adhartasan ris an robh sùil, gu h-àraidh gluasadan cruaidh air an t-seanal digiteach.

Chan ann idir tric a bhios Mgr Mac a' Phearsain a' bruidhinn a-mach gu poblach mar seo agus leis an sin thatar an dòchas gum bidh brìgh agus buaidh aig na tha e ag ràdh.

A' sgrìobhadh ann an Gaidheil Ùr na mìos seo, thuirt e: "An àite craoladh Gàidhlig a bhith ceum air adhart 's ann tha cumart ann gu bheil e toirt ceum air ais. Tha a' bhuidheann a chaidh a chur air chois airson craoladh Gàidhlig a thoirt a-steach dhan t-saoghal ùr digiteach fhathast air mhàgagan, a dh'aindeoin an dichill 's an dealais, agus, an àite bhith gan cuideachadh faighinn air am bonnan tha cuid a bheireadh na casan dhiubh."

Lean e air: "Ma tha piseach a' dol a thiginn air craoladh Gàidhlig, chan ann tro aon slànighear no aon bhuidhinn a thig e. Agus cha tig e tro

neach no buidheann sam bith a bhios ag èigheach air an tobtaithean mòra gur ann aca-san as fhearr tha fios agus nach ann agad-sa. Thig e tro cho-obrachadh, co-phàirteachas, eisteachd, aonta agus deagh rùn. Agus thig e tro smachd a bhith aig na Gaidheil fhèin air an còraichean 's an toil 's an dùthchas. Mura tachair sin cha bhi againn ach an gad air an robh an t-iasg."

Thàinig briathran Mhgr Mhic a' Phearsain an dèidh coinneimh ann an Inbhir Nis le na buidhnean Gàidhlig, far an do chuir iad rompha èigheach gu h-aona-ghuthach airson an seanal ùr digiteach a chur air chois.

Bha riochdairean nam buidhnean Gàidhlig cuideachd airson a dhèanamh soilleir gur e ceum mòr air ais a bhiodh ann na prògraman gu lèir a tha dol a-mach air Seanal Tì a chraoladh as dèidh meadhan-oidhche, mar a tha an Scottish Media Group, leis a bheil Gampian agus Telebhisein na h-Alba, a' moladh.

Faic duilleag 3

Bile a' toirt ceum air adhart sa phàrlamaid

Thèid Bile na Gàidhlig air beulaibh Parlamaid na h-Alba uaireigin sna seachdainean a tha romhainn agus comataidh an fhoghlaim a-nis deiseil ga bhreithneachadh.

Chuir buill a' chomataidh air adhart atharrachadh no dhà an dèidh dhaibh beachdachadh air na bh'ann agus air tagraidhean fhaighinn bho luchd-taic na cànan.

A' phrìomh mholadh a thàinig bhuapa 's e gum bu chòir "urram ionnanaichte" a bhith aig a' Ghàidhlig 's a tha aig a' Bheurla. Bha iad cuideachd airson ceangal a dhèanamh le Clàr na Roinn Eòrpa air Mion-chànanan agus Cànanan Roinneil.

Ach, dhiùlt iad gabhail ris gum bu chòir aithne a thoirt dha craoladh Gàidhlig agus dhiùlt iad cuideachd plana naiseanta air foghlam Gàidhlig a chur ann.

Nochdaidh am Bile a-nis air beulaibh na parlamaid làn — tha dùil gun tachair sin an ath mìos — agus cuiridh iadsan iad fhèin atharrachaidhean air adhart. Thatar dhen bheachd gum bi e na Achd as t-samhradh.

A' mìneachadh gnothach an "urram ionnanaichte", thuirt cathraiche a' chomataidh Raibeart MacIle Dhuinn, a tha riochdachadh a' Phàrtaidh Lib Demaich: "'S e an smuain a bha air cùlaibh seo nach fheumar dèiligeadh leis a' Ghàidhlig chun na h-aon ire 's a h-uile àite. Cha bhiodh e iomchaidh, mar eisimpleir, dha cuideigin a dhol gu comhairle Shealtainn no anns na Crichean agus suileachadh ri dèiligeadh sa Ghàidhlig."

"Ach, aig an aon àm bha e cudthromach gum biodh an cothrom sin ann far am biodh e freagarrach, mar sin gum biodh urram ionnanaichte aig a' chànan far an robh sin iomchaidh."

Dh'innis e gun dhiùlt a' chomataidh gabhail ri càil mu dheidhinn craoladh oir gun robh sin fo riaghladh Lunnainn. A-thaobh plana foghlaim dh'fheumadh sin a thiginn fo Achd foghlaim, thuirt e.

A thuilleadh air an seo feumaidh Bòrd na Gàidhlig sùil a thoirt air mar a thathas a' cur an sàs Clàr na Roinn Eòrpa air Mion-chànanan agus Cànanan Roinneil air feadh na dùthcha.

Tha Bòrd na Gàidhlig air a ràdh gun tèid £30,000 a thoirt dhan Ghaidheal Ùr sa bhliadhn' ionmhais a tha romhainn. Tha am pàipear a' cosg £60,000 airson 12 mìos uile gu lèir, le mu £20,000 a' tighinn ann an sanasan. Tha sin a' fàgail beàrn de £10,000. Tha BnG an-dràsta a' beachdachadh air ciamar a làimhsicheas 's a mhaoinicheas iad seirbheis naidheachd sgrìobhte san àm ri teachd.

TOG
FEAR
AN-DIUGH
AN ASGAIDH

An Gàidheal

Ùr

Neach-deasachaidh
Murray MacLeòid

Seòladh
Taigh à Mhorair Leverhulme
Ceàrnag Phearsabhail
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2DD

Fòn: 01851 706877
Facs: 01851 706467
sanas@agu.org.uk

Oifigear-sanasachd:
Marina NicLeòid
Fon: 01851 703487

An Gàidheal

Ùr

Cuin 's Caite

Dihaoine 11mh
Glaschu – Thèid cuirm-chiùil Comunn Ciùil Gàidhlig Ghlaschu a chumail air an oidhche seo ann an Ionad Gilmorehill, a' tòiseachadh aig 7.30f.

Disathairne 12mh
Dùn Èideann – Thèid cèilidh Comunn Tir nam Beann a chumail ann an Talla Easbaigeach (Naomh Eòin) aig Taobh an Iar Sràid a' Phrionnsa air an oidhche seo, a' tòiseachadh aig 7.30f. £3 (buill) agus £4 (neo-bhuill). Airson tuilleadh fiosrachaidh cuiribh fòn gu Iosaph Wright air 0131 334 7005.

Diardoin 17mh an Gearran
Tha 'An Cearcall Còmhairle' air tòiseachadh bho chionn ghoirid anns an Oban. Bidh seo a' ruith gach cola-deug anns an Taigh-Osta Lancaster aig 7f. Bidh ti is cofaidh ri fhaighinn agus bidh bàr faisg air làimh! 'S e cothrom math a th' ann an seo dhuibh airson a thighinn a bhruidhinn na Gàidhlig ann an suidheachadh mì-fhoirmeil. Thigibh a bhruidhinn rinn! Ma tha sibh airson barrachd fiosrachaidh fhaighinn mu seo cuiribh fios gu Joy Dunlop air 01631 565 475 neo cuiribh post-dealain gu joy@ancomunn.co.uk.

Dihaoine 18mh
Obar Dheathain – Thèid cèilidh Comunn Ceilteach Oilthigh Obar Dheathain a chumail air an oidhche seo ann an Talla Elphinstone. Bidh an còmhlan cèilidh 'Goat Island' an làthair, a' tòiseachadh aig 8.30f. Gheibhear air pàigheadh aig an doras.

Dùn Èideann – Bidh a' còmhlan Mill a h-Uile Rud, a' cluich ann am bàr Mercat air an oidhche seo. 'S e còmhlan 'punk' Gàidhlig a tha seo bho Seattle agus bidh iad a' siubhal air feadh Alba air a' mhìos seo agus toiseach a' Ghiblein. Bidh iad cuideachd air Rapal air Radio nan Gàidheal còmhla ri Niall Iain air Dimàirt an 22mh.

Dihaoine 25mh
Inbhir Nis – Thigibh gu Eden Court airson oidhche chiùil le Quintet Chris Stout. 'S e Chris Stout aon de na fìdhlearan as ainmeil san latha an-diugh. A' cluiche còmhla ris air an oidhche seo bidh Catriona NicAoidh (Fiddler's Bid), Fraser Fifield (Old Blind Dogs) agus Ewan Vernal (Kate Rusby Band). Cosgaidh ticeadan airson na h-oidhche seo £10 / £8 agus gheibhear tuilleadh fiosrachaidh bho Eden Court air 01463 234 234.

Disathairne 26mh
A' Mhanachainn – Thèid oidhche chiùil a chumail ann an Talla Phipps air an oidhche seo le Ivan Drever agus Donnchadh Chisholm. Cosgaidh na ticeadan £10 / £8. Airson tuilleadh fiosrachaidh cuiribh fòn air 01463 724 261.

Là na Sàbaid 27mh
Inbhir Eireann, Siorrachd Mhoireibh – Oidhche le sgeulachdan agus òran Gàidhlig ann an Ionad Ealain Universal Hall, Inbhir Eireann le Atinuke agus Ishbel NicAsgaill. Bidh an oidhche a' tòiseachadh aig 8f agus gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air 01309 690 110.

Diluain 28mh am Màrt gu Dihaoine 1mh an Giblean
Loch Allise – Thèid Fèis an Earraich 2005 a chumail air an t-seachdain seo ann an Caol Àcainn. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mun Fhèis bho Peigi NicNeacail air 01471 844 706.

Diardoin 31mh
Port Rìgh – Bidh Ingrid agus Aileen MacEanraig an làthair ann an Ionad Arois air an oidhche seo bho 7.30f.

Inbhir Nis a' diùltadh soidhnichean dà-chànanach

Argumaid nach eil dualchas Gàidhlig idir ri lorg ann am prìomh bhaile na Gaidhealtachd

Tha iomairt air tòiseachadh gu inntinn chomhairlichean atharrachadh mu bhith cur suas soidhnichean dà-chànanach ann an Inbhir Nis.

Tha luchd-taic na Gàidhlig anns a' bhaile air ath-chuinge a chur air dòigh an dèidh do ghrunn chomhairlichean dhol an aghaidh soidhnichean sa chànan a chur suas air feadh a' bhaile.

Am measg nan argamaidean a bha aca bha nach robh dualchas Gàidhlig ri lorg an Inbhir Nis agus gun cuireadh iad draibhearann troimh-cheile, ag adhbhrachadh cumart air na rathaidean.

Ach, bha cuid a chomhairlichean mì-thoilichte leis an sin agus a-nis tha coimhearsnachd na Gàidhlig sa bhaile an impis dhol air an casan airson faoineas nan

comhairlichean a chàineadh.

Tha poileasaidh aig Comhairle na Gaidhealtachd soidhnichean dà-chànanach a chur suas far an gabh sin a bhith, ach tha riochdairean a' bhaile airson a chuingeachadh gu meadhan a' bhaile fhèin.

Thuirtean comhairliche Seumas Dòmhnallach, aig a bheil Gàidhlig e fhèin, gun robh an co-dhùnadh na dhimeas air a' chànan agus iadsan a tha ga bruidhinn.

As dèidh coinneimh na seachdain-sa chaidh, thuirtean e: "Chan eil mi idir toilichte mun seo. Tha am poileasaidh soilleir gu leòr, ach tha buill Inbhir Nis airson sin a lagachadh. 'S beag tha dh'fhios caite a bheil meadhan a' bhaile agus tha gu leòr àiteichean timcheall mar Cùl-Lodair far am biodh soidhnichean

Gàidhlig freagarrach agus nan tarraing do luchd-turais, ach 's dòcha gun cail iad an cothrom seo.

"Tha a' chuid as motha de mo chom-pàirtichean an aghaidh na Gàidhlig agus cuireadh iad stad air leasachadh sam bith nam b'urrainn dhaibh. Tha mi cuideachd draghail gu bheil feadhainn de ar h-àrd-stiùirichean agus ar manaidsearan a' leigeil seachad poileasaidh na comhairle agus shaoileadh tu gu bheil iad ag iarraidh bliadhnaich a chaitheamh a' bruidhinn mun seo gun call a dhèanamh."

Thuirtean comhairliche Ella NicRath gun do bhruidhinn mòran rithe mu dheidhinn seo agus gum biodh i gu sònraichte draghail nan deigheadh Gàidhlig a chur air mullach nan soidhnichean oir gun cuireadh e daoine troimh-cheile.

Agus thuirtean an comhairliche Daibhidh Rothach: "Chan eil mise an aghaidh na Gàidhlig ach feumar seo a dhèanamh ann an dòigh ciallach agus chan eil mi a' smaoinichadh gum bu chòir soidhnichean Gàidhlig no dà-chànanach a bhith air gach sràid."

"Tha ceist ann mu shàbhailteachd rathaid agus tha mar-thà cus shoidhnichean againn ann an Inbhir Nis. Tha nas lugha na 10% de dhaoine ann an Inbhir Nis aig a bheil Gàidhlig agus bu chòir dhan chomhairle a bhith air beachdan nan comhairlean coimhearsnachd fhaighneachd sa chiad àite."

A rèir a' chomhairliche Janet Home tha poileasaidh na comhairle a' buntainn ri dìreach meadhan a' bhaile agus ri toglaichean poblach.

"Cosgaidh seo an t-uabhas airgid ma chuireas sinn na soidhnichean suas anns gach

sgìre thaighean anns a' bhaile," thuirtean i.

Ach thuirtean Bob Wynd: "Tha mise air a bhith draibheadh timcheall iomadach dùthaich far an robh soidhnichean dà-chànanach agus cha fhaca mise trioblaid sam bith."

Agus thuirtean Eilidh NicDhòmhnaill: "Tha soidhnichean dà-chànanach air a bhith ann an Steòrnabhagh airson ùine fhada agus chan eil duilgheadas air a bhith aca ann an sin."

"Feumaidh sinn dhol an-sàs ann an seo ann an dòigh co-òrdnaichte agus 's dòcha gur e cothrom a tha seo na soidhnichean ann am meadhan a' bhaile a sgeadachadh mu dheireadh thall."

Ged a tha poileasaidh soidhnichean dà-chànanach aig a' chomhairle faodaidh na comataidhean sgìreil dhol an-sàs ann mar a thogras iad. Thèid an gluasad a chumail gu meadhan a' bhaile ann an Inbhir Nis, ged a bhios cothrom aig comhairlichean a chur suas nan sgìre fhèin ma tha iad ag iarraidh.

Thuirtean Ruairidh Balfour: "'S dòcha nach b' e baile anns an robh mòran luchd-labhairt Gàidhlig a bha ann an Inbhir Nis, ach thàinig tòrr dhaoine an seo aig an robh Gàidhlig agus chan eil mi idir a' gabhail ris mar a tha cuid a' chomhairlichean a' toirt seachad dealbh gur e cànan coigreach a tha innte. Bha feadhainn dhe na sgìreil dùthchail timcheall Inbhir Nis gu math Gàidhlig gu bho chionn ghoirid."

Faic duilleag 9

Feadhainn de na comhairlichean ciontach



Daibhidh Rothach

Ella NicRath



Janet Home

Ron Lyon

**Ma tha sibhse airson gabhail pàirt san iomairt faicibh www.PetitionOnline.com/Ceartas.
Gheibh sibh air ar n-ainm a chur air an seo airson sealltainn dha na comhairlichean cho maslach 's a tha an co-dhùnadh aca.**

Roinn Ceiltis Ghlaschu a' faighinn luchd-obrach ùr

Tha Oilthigh Ghlaschu air cur gu mòr ri foghlam ann an Ceiltis agus ann an Gàidhlig, agus dithis àrd-ollamhan ùra air an fastadh ann an Roinn na Ceiltis bho thoiseach na bliadhna. An-diugh tha seachdnar a' teagasg anns an roinn, a tha a-nise air tè dhe na roinnean Ceiltis as motha a fhuaras ri-amh ann an Alba.

Chaidh an t-adhartas seo a chomharrachadh Disathairne sa chaidh (5 Màrt) nuair a thug na h-àrd-ollamhan ùra, Thomas Owen Clancy agus Roibeard Ó Maolalagha òraidean seachad ann an Togalach nan Nuadh Chànan anns an oilthigh.

Tha Thomas Clancy air a bhith na òraidiche anns an roinn bho 1995, agus chaidh fhastadh mar àrd-ollamh le Ceiltis as dèidh dha Cathair Ó Dochartaigh a dhreuchd a leigeil dheth an-uiridh. Bidh an t-àrd-ollamh Clancy a' dèanamh rannsachadh air iomadh cuspair, eadar eachdraidh na Crìostaidheachd ann an Alba, litreachas na Ceiltis bho na meadhan-aoisean, agus litreachas ùr na Gàidhlig.

Chaidh Roibeard Ó Maolalagha fhastadh le cathair phearsanta ann an Gàidhlig agus Gaeilge. Bha e roimhe seo na òraidiche ann an Oilthigh Dhùn Èideann, agus ann an Scoil na Ceiltise, Institiùid Ard-Léinn Bhaile Átha Cliath. Tha an obair rannsachaidh aige a' toirt a-staigh cànanachas na Gàidhlig agus na Gaeilge, mar a chinnich a' Ghàidhlig ann an Alba agus mar a dhealaich i bhon Ghaeilge ann an Èirinn.

Tha eachdraidh làidir aig roinn a' Ceiltis ann an Glaschu. Ged a b' abhaist dhan Ghàidhlig a bhith air a teagasg do dh'oileanaich Diadhachd rè an naoidheamh linne deug, is e Mànas MacGhille-Eathain (a bha na Àrd-Ollamh le Imleadaireachd Dealanach aig Colaiste Theicneolach Ghlaschu) a' chiad òraidiche Ceiltis oifigeil a bha ann an Oilthigh Ghlaschu ri-amh. Am measg nan òraidichean ainmeil a bha anns an Roinn gu ruige seo bha Seòras MacEanraig, Seòras Calder, agus Seumas MacGhilleMhicheil MacBhàitair. Nuair a chaidh Cathair na Ceiltis a stèidheachadh

ann an 1956, b' e Aonghas MacMhathain a' chiad duine anns a' chathair (1956-62), agus às a dhèidh bha Ruairidh MacThòmais (1964-91), Dòmhnall MacAmhlaigh (1991-96), agus Cathair Ó Dochartaigh (1996-2004).

Tha còigear eile a tha a' teagasg 's a' rannsachadh còmhla ri Clancy is Ó Maolalagha — An t-Oll. Sheila Kidd (litreachas na Gàidhlig bhon 18mh linn gus a' 21 linn); an t-Oll. Michel Byrne (litreachas na Gàidhlig anns an fharsaingeachd, gu sònraichte bàrdachd, agus teagasg chànanach); an t-Oll. Katherine Forsyth (eachdraidh agus dualchas nan Ceilteach anns a' chiad mhìle-bliadhna AD, agus sgrìobhadh-dhean-cloiche nan Ceilteach ann an Alba, Èirinn agus sa Bhreatainn Bhig); Bronagh Nì Chonaill (laghannan agus co-chomann nan Gaidheal is nan Cuimreach anns na meadhan-aoisean); Joana NicDhòmhnaill (bàrdachd Ghàidhlig bhon 18mh linn gus an 20mh linn, gu sònraichte bàrdachd thraidiseanta anns na Hearadh).

Tha coimhearsnachd shoirbheachail de dh'oileanaich aig an Roinn, le barrachd air 200 a' dèanamh chùrsaichean fo-cheumnach agus iar-cheumnach ann an Gàidhlig, agus cùrsaichean a' buntainn ri Sibhthais nan Ceilteach.

Thuirtean an t-Àrd-Ollamh John Caughie, Deathan Dàmh nan Ealan, "Tha an Dàmh ag aithneachadh Roinn na Ceiltis mar ionad bàrr-feabhais. Chaidh aig an roinn, an ire mhath tro dicheall fhèin, àireamh-shluagh nan oileanach àrdachadh 70 anns a' cheud anns na deich bliadhna a dh'fhalbh."

"Aig an aon àm chaidh aig an roinn air iomhaigh àrd a chumail suas ann an rannsachadh na Gàidhlig, na Gaeilge agus na Ceiltis. Tha an t-airgead-tasgaidh a tha an oilthigh air a chur a dh'ionnsaigh na Ceiltis a' comharrachadh ann an dòigh shònraichte deagh-ghean agus dealas an oilthighe ann a bhith a' meudachadh agus a' cur taic ri saoghal cultarail na h-Alba."

Craoladh Gàidhlig: ciamar is cuin a thig furtachd?

le Seonaidh Ailig Mac a' Phearsain

Mus leugh sibh an colbh seo — agus tha fios gu bheil iomadh rud nas fhearr agaibh ri dhèanamh — bu chòir dhomh ràdh gur e beachdan pearsanta a tha mi cur an cèill agus nach e beachdan buidhne. Ma tha iad cas agus crosta gabhaibh mo leigeul. Ach cha chumar taigh le beul dùinte. Cha chumar e bharrachd le beul air do ghualainn.

Aon de na rudan mì-fhor-tanach ann an saoghal na Gàidhlig 's e gu bheil sinn tric gar mealladh fhèin le bhith smaoinichadh gu bheil freagairt is furtachd timcheall an oisein. Chan eil e na chuideachadh nas mò gu bheil buidhnean is pearsachan a' spaid-searachd 's a' stàblaich mun cuairt air steud geal, a' cur an ire dhaibh fhèin 's do chàch gur iadsan slànuighear nan Gàidheal. Anshocair gabhaltach a tha seo agus tha cuid nas buaitiche dha na cuid eile.

O chionn greis thuirte tè de na Ministerean ann am pàrlamaid Lunnainn gu rachadh ise as an eadarraigin às leth craoladh Gàidhlig agus gum faigheadh i fuasgladh air na ceistean agus na duilgheadasan a tha ga chuartachadh. Agus dè thachair? Cha do thachair sifinn. Gealltanas math is droch fhaigheadh. Neo-ar-thaig còmhraidhean, còmhdailean is co-labhairtean gun cheann gun chrìch gun cho-dhùnadh. Agus cabadaich gun abhsadh. Ach an àite

craoladh Gàidhlig a bhith ceum air adhart 's ann tha cumart ann gu bheil e toirt ceum air ais. Tha a' bhuidheann a chaidh a chur air chois airson craoladh Gàidhlig a thoirt a-steach dhan t-saoghal ùr digiteach fhathast air mhàgarran, a' dh'aindeoin an dhill 's an dealais, agus, an àite bhith gan cuideachadh faighinn air am bonnan tha cuid a bheireadh na casan dhiubh.

Ach tha bliadhna beag air fàire. Ann an Inbhir Nis an t-seachdain seo chaidh thàinig riochdairean o bhuidhnean Gàidhlig agus ùgh-darrasan ionadail cruinn gun fios-rachadh a shireadh mu dè tha tachairt ann an craoladh. Agus cha b' ann le cluas bhodhar a dh'èist iad no le beul balbh a dh'fhalbh iad. Rinn iad am beachd glè shoilleir nach robh iad riarachtaiche gu robh na Gàidheil air tuar a bhith air am fàgail air chùl-fraoin ann an saoghal ùr nam meadhanan digiteach. Carson, dh'fhaighnich iad, a bhiodh iadsan a' call nan cothraman a tha an lùib an adhartais seo nuair a tha a' choimhearsnachd san fharsaingeachd a' faighinn buannachd às.

Aig crìoch na coimheimh thog na bha an làthair an guth gu làidir ag iarraidh gu rachadh seirbheis digiteach tebhisean Gàidhlig a stèidheachadh gu grad, seirbheis aig am biodh goireasan agus ion-mhas freagarrach agus a bhiodh a' craoladh raon iomchaidh de

phrògraman anns am biodh tar-raing agus feabhas.

Thuirte Dòmhnall Màrtainn, stiùiriche Comunn na Gàidhlig, gum biodh e do-chreidsinn nach fhaigheadh coimhearsnachd na Gàidhlig a' bhuanachd às an teicneòlas seo a bha càch a' faighinn. Bhiodh na Gàidheil diombach nan rachadh prògraman Gàidhlig aig amannan freagarrach a chleith ortra anns an eadar-ama mus tèid tebhisean analog a bhith, thuirte e. Bhiodh na buidhnean Gàidhlig a' dèanamh a' bheachd sin fol-laiseach gu làidir dhan riaghladair Ofcom.

Ach dè mu dheidhinn an fheadhainn as cudthromaiche gu lèir a' luchd-amhairc? Anns an ullathrus mu chraoladh agus anns an t-sùil-chruthaich de phàipearan 's de bhriathran anns a bheil sinn fòdha chun nan uganann tha sinn du-

alach an diochumheachadh.

Tha rannsachadh ùr a' sealltainn gur e 42% de luchd na Gàidhlig aig a bheil goireasan digiteach andrasta, an coimeas ri 60% air feadh na dùthcha gu lèir. Tha seo ga dhèanamh nas deatamaiche buileach gun cumar prògraman Gàidhlig air tebhisean analog mus tèid a chur dheth buileach. Tha an dàrna leth de na Gàidheil aig nach eil inneal digiteach fhathast ag ràdh gun ceannaicheadh iad tebhisean digiteach nam biodh sianal Gàidhlig ann. Ach tha 96% ag ràdh gu bheil e cudthromach gum bi na prògraman air sianalan analog agus air sianal digiteach gum bi an tèid analog dheth. A dh'aindeoin seo tha aon de na craoladairean ag iarraidh a bhith air an saoradh no deast-anas seo agus ag aigairt gu rachadh na prògraman a-mach air analog an dèidh mheadhan-oidiche, rud

a tha 75% den luchd-amhairc na aghaidh. Ach tha ceist ann an tèid an lurganann a chumail ris a' ghrìosaich.

Ma tha piseach a' dol a thighinn air craoladh Gàidhlig, chan ann tro aon slànuighear no aon bhuidhinn a thig e. Agus cha tig e tro neach no buidheann sam bith a bhios ag èigheach air an tobhtaichean mòra gur ann aca-san as fheàrr tha fios agus nach ann agad-sa. Thig e tro cho-obrachadh, co-phàirteachas, èisteachd, aonta agus deagh rùn. Agus thig e tro smachd a bhith aig na Gàidheil fhèin air an coraichean 's an toil 's an dùthchas. Mura tachair sin cha bhì againn ach an gad air an robh an t-iasg. Tha roghainn eadar a bhith bog balbh agus a bhith frionasach. Tha e an urra ri gach neach an roghainn fhèin a dhèanamh.



Càineadh air an t-siostam ùr NHS 24

Tha an Dotair Micheal Foxley — a tha cuideachd na iar neach-gairm air Comhairle na Gàidhealtachd — air dubh-chàineadh a thoirt air NHS 24, an siostam ùr airson deiligeadh ri daoine a tha cur feum air comhair meadaigeach. Chan eil ach grunn mìhosan bho thàinig an siostam ùr gu bhith. An àite a bhith cur fios air an dotairean bidh daoine a-nis a' fònadh loidhne-fòn nàiseanta agus bidh iad a' faighinn comhairle à sin. Ach, chan eil daoine idir toilichte leis mar tha air a bhith dol dha gu seo, le mòran ghearainean mu dheidhinn na h-ùine a thatar a' toirt mus fhaigh daoine an comhairle a tha dhith orra.

sia uairean a thide, sin na h-amannan bho thèid fios a chur air NHS 24 gu nuair a tha dotairean a' faighinn fios," thuirte e na litir.

An-dràsta tha NHS 24 stèidhichte ann an Obar Dheathain, ach tha Mgr Foxley airson gu tèid ionad fona eile fhosgladh ann an Inbhir Nis agus gun dèilig sin ri na suidheachaidhean gu lèir a nochdas air Ghaidhealtachd.

"Dh'fhaodar droch bhuidhean dha-rìribh a bhith aig an duilgheadas seo," thuirte e. "Bhithinn taingeil nan toireadh tu dhomh do bheachdan air ciamar a bu chòir dhol an sàs ann an seo. Mholainn-sa ionad NHS 24 a chruithachadh sa Ghaidhealtachd — stèidhichte air Ghaidhealtachd agus ga thoirt seachad sa Ghaidhealtachd."



Dotair Micheal Foxley

Mòd Nàiseanta 2007 dol gu sgìre Loch Abair

Thèid Mòd Nàiseanta Rìoghail 2007 — nuair a bhiosar a' comharachadh Bliadhna Chultarail na Gàidhealtachd — a chumail ann an Loch Abair.

Thairis air na mìosan a dh'fhalbh bha An Comunn Gàidhealach, air a bheil uallach a' Mhòd a chur air chois, ann an còmhraidhean le Comhairle na Gàidhealtachd mu bhith toirt an tachtartas dhan sgìre ann an dà bhliadhna eile.

A thuilleadh air Loch Abair bhathas cuideachd a' beachdachadh a thoirt do aon tagradh eile, a' toirt a-staigh Inbhir Nis, Inbhir Pheofharain agus Inbhir Narainn.

Ged 's ann do sgìre Loch Abair a chaidh an tagradh a thoirt bidh a' chuid mhòr den tachtartas stèidhichte anns a' Ghearasdan.

Thuirte iar neach-gairm na comhairle, an Dotair Micheal Foxley: "Tha mi fìor thoilichte gu bheil am Mòd a' tighinn dhan Ghearasdan ann an 2007 oir tha dùil aig Loch Abair Bliadhna Chultarail na Gàidhealtachd a chomharrachadh ann an dòigh mòr tarraigeach. Bidh am Mòd sa Ghearasdan na mheadhan air an seo."

Thèid taic-airgid a thoirt bhon chomhairle airson dèanamh cinnteach gun tig a' Mhòd, a thèid a chumail san Dàmhair, chun sgìre.

Am Mòd Luach Corr air £500,000 do Pheairt

Thug Mòd Nàiseanta Rìoghail na bliadhna an-uiridh luach corr air £500,000 dha sgìre Pheairt, le corr air 6,000 duine a bharrachd a' tighinn dhan àite air sgàth an tachtartais.

B' e seo na chaidh a ràdh ann an aithisg a chaidh a chur air beulaibh Comhairle Pheairt is Chinn Rois agus iad airson breith-neachadh air dè cho feumail 's a bha an fhèis dhaibh. B' e an-uiridh

BBC dol a dh'ardachadh an oidhirp aca air a'Ghaidhlig

Tha làn choltas ann gum bi BBC Alba ag àrdachadh an oidhirp aca sa Ghaidhlig san àm ri teachd.

Chaidh pàipear uaine a' BHC fhoillseachadh bho chionn ghoirid agus ann an sin thatar a' mineachadh mar a dh'fheumas a' bhuidheann barrachd a dhèanamh sa chànan, gu h-àraidh nuair a thig e chun eadar-lìon.

Tha am pàipear ag ràdh: "Tha pàirt riatanach aig a' BHC ri ghabhail ann a bhith dìon dualchas cultarail na Gàidhlig — agus tha dleastanas gu h-eachdraidheil aig a' BHC dhan chànan thairis grunn àrd-ùrlaran.

"Tha an Rìghaltas gu mòr airson aonta nas fheàrr fhaighinn airson na Gàidhlig — 's dòcha a' toirt a-staigh seanal sònraichte, mar a tha Ofcom a' moladh."

Thuirte fear-labhairt às leth a' BHC: "Tha am BBC sònraichte seach gur i an aon bhuidheann ann am Breatainn a tha co-òrdanachadh seirbheasan Gàidhlig air an rèidio, tebhisean agus an eadar-lìon.

"Tha am BBC dhen bheachd gu bheil coimhearsnachdan de dh'ùidh ann — mar am BBC, Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig, Scottish Media Group agus roinn nan neo-eisimeilichd — a dh'fhaodar thiginn còmhla gu dèiligeadh leis ann an dòigh amasach a ghlacas iùd an luchd-èisteachd, le stuth co-òrdanaichte air tebhisean, an rèidio agus nam meadhanan ùra."

"Tha fios 'am bho Mòdan aig an robh mi fhèin gu bheil e gu sònraichte a' còrdadh ri ar n-oigridh a bhith a' gabhail pàirt oir tha e a' toirt dhaibh àrd-ùrlar airson na sgìlean cànan is ciùil aca a thaisbeanadh."

an oidhirp aca air a'Ghaidhlig

Tha làn choltas ann gum bi BBC Alba ag àrdachadh an oidhirp aca sa Ghaidhlig san àm ri teachd.

Chaidh pàipear uaine a' BHC fhoillseachadh bho chionn ghoirid agus ann an sin thatar a' mineachadh mar a dh'fheumas a' bhuidheann barrachd a dhèanamh sa chànan, gu h-àraidh nuair a thig e chun eadar-lìon.

Tha am pàipear ag ràdh: "Tha pàirt riatanach aig a' BHC ri ghabhail ann a bhith dìon dualchas cultarail na Gàidhlig — agus tha dleastanas gu h-eachdraidheil aig a' BHC dhan chànan thairis grunn àrd-ùrlaran.

"Tha an Rìghaltas gu mòr airson aonta nas fheàrr fhaighinn airson na Gàidhlig — 's dòcha a' toirt a-staigh seanal sònraichte, mar a tha Ofcom a' moladh."

Thuirte fear-labhairt às leth a' BHC: "Tha am BBC sònraichte seach gur i an aon bhuidheann ann am Breatainn a tha co-òrdanachadh seirbheasan Gàidhlig air an rèidio, tebhisean agus an eadar-lìon.

"Tha am BBC dhen bheachd gu bheil coimhearsnachdan de dh'ùidh ann — mar am BBC, Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig, Scottish Media Group agus roinn nan neo-eisimeilichd — a dh'fhaodar thiginn còmhla gu dèiligeadh leis ann an dòigh amasach a ghlacas iùd an luchd-èisteachd, le stuth co-òrdanaichte air tebhisean, an rèidio agus nam meadhanan ùra."

"Tha fios 'am bho Mòdan aig an robh mi fhèin gu bheil e gu sònraichte a' còrdadh ri ar n-oigridh a bhith a' gabhail pàirt oir tha e a' toirt dhaibh àrd-ùrlar airson na sgìlean cànan is ciùil aca a thaisbeanadh."

Coinneachadh òigridh

Chuir SMG air adhart an smuain seo agus iad cuideachd ag ràdh gun cuidich iad leis an iomairt airson seanal Gàidhlig digiteach a stèidheachadh — ach tha seo air fhaicinn mar oidhirp bhon chompanaidh na dleastanasan aca dhan chànan a thrèigsinn.

Thuirte ceannard Comunn na Gàidhlig Dòmhnall Màrtainn: "Tha e do-chreidsinneach gun gabh coimhearsnachd na Gàidhlig ri lùghdachadh digiteach aig àm far a bheil a' mhòr-shluagh a' faighinn buannachd bho chothroman digiteach. Cha bhiodh moladh sam bith gu sa bhith a' toirt air falbh cothroman prògraman Gàidhlig a chur a-mach aig amannan freagarrach do luchd-amhairc, a' faighinn taic am measg coimhearsnachd na Gàidhlig."

"Tha sinn a' cur impidh air an riaghladair Ofcom dèanamh cinnteach nach fhaod sin tachairt. Nì buidhnean Gàidhlig molaidhean làidir mun leithid fhad 's a tha ùine conaltraidh ann."

Pàrlamaid nan Oileanach dol a-null a dh'Èirinn

'S ann am Baile Chorcaigh a thèid Pàrlamaid nan Oileanach a chumail am-bliadhna eadar 13mh is 16mh dhen Mhàrt, far am bi na h-oileanaich a' deasbad dà chuspair inntinneach, chonnspaideach. 'S e a' chiad gluasad a tha gu bhith fa chomhairle na pàrlamaid: "Tha Pàrlamaid nan Oileanach dhen bheachd gu bheil casg-smocaidh ann an Alba is Èirinn dol a mhillleadh cultar an taigh-òsta". 'S e an dàrna gluasad: "Tha Pàrlamaid nan Oileanach dhen bheachd gum bu chòir an gnìomhachas fèise a thighinn fo riaghladh an riaghaltais".

'S e tachtartas bliadhna a th' ann am Pàrlamaid nan Oileanach, a tha toirt oileanaich bho Alba is Èirinn còmhla, agus a thèid a chumail fo sgèith Iomairt Cholm Cille. Chaidh a' chiad Phàrlamaid a chumail san Eilean Sgitheanach ann an 1999 agus tha an còigeamh Phàrlamaid am-bliadhna ga cur air dòigh ann an co-bhonn ri 'Celtfest' ann an Corcaigh eadar 13mh is 16mh Màrt.

Tha Pàrlamaid nan Oileanach a' toirt cothrom do Ghaidheal oga ann an Alba, Poblachd na h-Èireann is Èirinn a Tuath a bhith dèanamh cheanglaichean maireannach ri cheile agus a bhith 'g ionnsachadh mun chultar choitcheann a th' aca. Thathar an dùil gum bi 45 oileanach bho chòlaistean is oilthighean a' tighinn chun na Pàrlamaid am-bliadhna.

'S iad Iain Fearchair Rothach BPA is Alasdair MacLeòid bho Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean an dithis bho Alba a tha gu bhith toirt seachd òraidean air gluasadan na Pàrlamaid. As Èirinn, bidh Brendan Ryan, neach-labhairt air gnothaichean Gaeltacht is Slainte airson a' Phàrlaidh Làbaraich ann an Èirinn agus am fear-lagha Geoffrey Shannon ann.

Bidh an aon seòrsa modh-obrach aig Pàrlamaid nan Oileanach 's a gheibhear ann am Pàrlamaid dha-rìribh. Thèid an dà ghluasad mòr a dheasbad thairis air an dà latha; bheir an dithis phrìomh luchd-labhairt òraidean seachad; bidh obair chomataidh ann agus thèid deasbad fhosgailte a chumail far am bi cothrom aig buill na Pàrlamaid na beachdan aca a thoirt seachad, agus far am bi luchd-labhairt ann a tha an aghaidh 's airson a' gluasaid. Bidh Oifigear-riaghlaidh ann airson na Pàrlamaid a bharrachd air Clèireach is Eadar-theangairean. Bidh oileanach a tha dèanamh chùrsaichean co-ceangailte ri obair-naidheachd ann cuideachd a nì aithrisean dha na meadhanan air a' Phàrlamaid is na rudan eile a tha tachairt.



"Dè a tha thu a' ciallachadh cha d'fhuair mi ach aon?" ©2004 A. Nicolson

An droch-rud a tha a' falach nar biadh



Cathaidh Màiri Nic a' Mhaoilein

choinneimh na cloinne 's a' bhodaich, seadh biadh a tha air a dheasachadh gu tur bhon àmhainn no bhon phrais gun bhòrd, le do làmh gnothachail fhèin agus le cinnt anns a h-uile gnè nàdair a th' anns a' phrais. Sin an latha a th' againn, le pacaidean brèagha dathte 's dealbh mòr tarraingeach air beulaibh a' bhucais. Cò mhead againn gu h-onarach a tha a' coimhead ris a' chùlaibh, no aig a bheil an ùine a leughas de th' anns a' bhìadh? Gu dearbha cò mhead againn aig a bheil fiosrachadh gu leòr mu na h-ainmean a th' air na th' ann, no eadhon am fradharc, 's gu lèir dhuinn an sgrìobhadh beag?

Chan eil teagamh ann nach fheum sinn a bhith air ar faiceall. O chionn ghoirid fhuair mise a-mach gun robh bainne, im is càise a' dèanamh cron uabhasach air a' bhalach agam, agus bhon uairsin tha mi a' coimhead gu mionaideach ri gach pacaid, airson rudan a tha falaichte, gun fhios domh, sa biadh. Thug sin orm a bhith na bu mhothachail san fharsaingeachd a thaobh a' bhìdh, agus bidh mi a-nis a' seachnadh tòrr dheth. 'S fhiach e an t-saothair, tha am pàiste gu math nas fallain, ged a tha a' mhàthair bhochd a' caitheamh leth an latha a' riagail sa Cho-op, le speulairean air bàrr a sròin, a' leughadh a h-uile facal air gach bucas. Chuir mi fios gu àrd-oifis na bùtha a dh' iarraidh liosta den bhìadh san robh rudan a dh' fhaodadh cron a dhèanamh, agus shaoil mi fhìn gum bu chòir do dh' fhiosrachadh a bhith ri fhaotainn mu gach nì a thathar a' cur dhan bhìadh. Tha fios gu bheil am biadh daor gu leòr, gu sònraichte biadh "organic", anns a bheil barrachd earbs' againn. Chan e sporan a h-uile duine a ruigeas air biadh fallain "organic" ged-thà.

Dè rèist ma-thà? Air ais gun bhuntata 's sgadan, gu cur a' bhuntata 's a' cur ghlasraich, gach duin' againn le sgoth bheag 's ag iasgach nan rionnach, gu bhith ag àrach bheathaichean mairt agus chaorach dhuinn fhìn? Math dha-rìribh, ach an ann nuair a thilleas sinn bhon obair-latha a bhios sinn ris an sin? Feumaidh mi fhìn aideachadh gur ann air eiginn a dh' aithnicheas mi cas na spaid bho ceann. Chanainn ma tha sinne a' ceannach a' bhìdh gu daor, gu bheil còrr beachd a bhith againn de th' ann, 's mar sin iarramaid agus faigheamaid gach fiosrachadh a tha a dhith òrnn.

CÒ AGAIBH a tha seachd sgìth, a-rithist sna pàipearan-naidheachd, dhe Teàrlach agus Camilla? Tha e gu sìor fhàs nas coltaiche nach fhaigh iad idir air an snaidhm a cheangal ann an àite sam bith, beannachd na Bànrigh ann no às. Saoilidh mi fhìn gu bheil na pàipearan-naidheachd gu math seolta. Mar a tha fios againn, fhad 's a tha thu a' toirt an aire dhan dithis sin, tha thu a' seachnadh rud a tha gu mòr nas cudthromaiche dhan rioghachd agus 's e sin taghadh Phàrlamaid Shasainn, a tha gu bhith mu ar clagainn, faisg air an aon àm. Ach air an làimh eile, creididh mi nach dèan cuid seach cuid mòran diofar dhuinne.

A' tilleadh gu Teàrlach agus Camilla chòir, bheil fios agaibh de an tìotal eile dh' fhaodadh a bhith aice seach nach eil i gu bhith na Bana-Phrionnsa no na Bànrigh?

Nach eil Bana-Thriath nan Eilean, mo chreach. 'B' fheàrrda sinn sin. 'S dòcha gu cuireadh ise casg air na tuathan-gaoithe?



Bana-Thriath nan Eilean — "Nach d' thuirt mi ruit nach robh mo mhathair toilichte" ©2005Chris Tyler

Ullachaidhean a' Mhòid a' tòiseachadh a' ruighinn ìre

Leis na h-ullachaidhean airson Mòd na bliadhna seo anns na h-Eileanan Siar a' tòiseachadh air ìre a ruighinn chaidh làrach-lìn a chur air bhog airson an tachartas a chuideachadh.

Ach, cha deach fhathast co-dhùnadh a dhèanamh air a bheil dol a thoirt soitheach mhòr chun fhèis airson cuideachadh le àitichean fuirich. Tha tìde a' tòiseachadh a' fàs gann, leis a' Mhòd gu bhith ga chumail san Dàmhair.

Thuirte ceann-suidhe a' Chomuinn

Ghaidhealach, Aonghas Dòmhnallach, gum feumadh iad aonta a ruighinn a dh' aithghearr air am bi e comasach soitheach a thoirt a Steòrnabhagh. Tha dùil gun cosg i mu £250,000 le leappannan airson còrr air 300 duine.

Nuair a bha am Mòd anns na h-eileanan mu dheireadh ann an 2001 bha na thachair air an t-soitheach, far an robh cèilidhean agus biadh ri fhaighinn, gu mòr na phàirt air cho soirbheachail 's a bha an fhèis. Aig an àm cha deach a' fhaighinn chun mhionaid mu dheireadh.

Bha Mgr Dòmhnallach cinnteach gum biodh Mòd math dha-rìribh ann às aonais a' bhàth ach dh' aithich e gun toireadh e togail a bharrachd dhaibh. Chaidh an làrach-lìn fhoillseachadh ann an oifisean Chomhairle nan Eilean Siar. Gheibhear i aig www.mod-naneilean-siar.co.uk.

Thuirte Mgr Dòmhnallach: "Tha comataidh ionadail nan Eilean Siar ann an co-bhuinn leis a' Chomunn agus companaidh a' Mhòid air a bhith ag obair gu cruaidh airson dèanamh cinnteach gum bi Mòd soirbheachail

againn san Dàmhair.

"Tha an làrach-lìn ionadail seo na dearbhadh air mar a thathas ag obair còmhla agus tha sinn a' moladh a' chomataidh airson na rinn iad gu ruige seo."

Thuirte neach-gairm a' chomataidh Amy NicAmhlaigh: "Tha sinne mar chomataidh gu mòr an dòchas gum bi an làrach-lìn na goireas phrìseil airson fiosrachadh dha gach cuid luchd-tadhail agus daoine ionadail a chuidicheas le mealtainn na seachdain dhaibh."

Làrach-lìn ùr dha buidheann Inbhir Nis

Tha Fòram Gàidhlig Inbhir Nis air làrach-lìn dà-chànanach ùr — www.inbhirnis.org — a chur air bhog.

Tha an làrach ag amas air fiosrachadh a thoirt don phobal air tachartasan agus cùisean Gàidhlig a bhios a' dol ann an sgìre Inbhir Nis. Cuideachd bidh an làrach goireasach airson sanasachd a dhèanamh mu obair na buidhne.

Thuirte Brian Ó hEadhra, oifigear leasachaidh an fhòraim: "Tha barrachd dhaoine le Gàidhlig sa mhòr shluagh ann an Inbhir Nis, prìomh baile na Gaidhealtachd, na cathair sam bith eile ann an Alba agus bha sinn a' smaointinn gur e deagh àm a bh' ann airson làrach-lìn Gàidhlig a chur air chòis.

"Tha tachartasan Gàidhlig gu leòr a' dol ann an Inbhir Nis tron bhliadhna agus thathar an dùil gum bi muinntir an àite agus luchd-tadhail a' cleachdadh na làraich seo airson faighinn a-mach de tha dol sa sgìre agus de seòrsa seirbheisean Gàidhlig a th' againn an seo."

Tha iomadh goireas ri lorg air an

làraich ùir. Mar eisimpleir, ma tha ùidh agad airson fiosrachadh fhaighinn mu chlasaichean Gàidhlig sa sgìre tha duilleag ann a' dèiligeadh ri foghlam a-mhàin. Tha duilleag le fòram ann cuideachd far an urrainn daoine toirt beachd air an làraich agus còmhraidh a dhèanamh mu thachartasan Gàidhlig agus cuspairean eile.

Thuirte Alasdair MacLeòid, iar-chathraiche an fhòraim: "Tha e gu math inntinneach is dòchasach airson Fhòram Gàidhlig Inbhir Nis na làithean-sa. 'S e buidheann ùr a th' annainn, a' brosnachadh na Gàidhlig ann am prìomh baile na Gaidhealtachd, agus de an dòigh as fheàrr airson a' n-amasan agus tachartasan Gàidhlig a bhrosnachadh na làrach-lìn Ghàidhlig làn fiosrachaidh."

Thug an fhòram taing do na buidhnean a thug taic-airgid seachad — Sgeama Gàidhlig sa Choimhearsnachd le Comhairle na Gaidhealtachd, Iomairt Inbhir Nis 's Inbhir Narainn, An Roinn Eòrpa, agus Bòrd na Gàidhlig.



Comataidh a' Mhòid agus iadsan a chur ri chèile an làrach-lìn: bhon làimh chli chun làimh dheis: Coinneach Comba, Aileen Whytock, Peigi NicIleinein, Dòmhnall Dòmhnallach agus Aonghas Dòmhnallach

WWW.SMO.UHI.AC.UK

Oifigear Leasachaidh Chùrsaichean Sùbailte agus Air-loidhne

Thathar a' lorg cuideigin èagsaidh airson ar cùrsaichean sùbailte is air-loidhne a stiùradh is a leasachadh.

Bu chòir eòlas a bhith agaibh air rianachd is teicneòlas fiosrachaidh is conaltraidh agus bu chòir dhuibh a bhith fileanta sa Ghàidhlig. Cuideachd, bu chòir caum a bhith agaibh.

B' fheàrr leinn cuideigin aig a bheil eòlas air leasachaidhean ann am foghlam, gu sònraichte foghlam sùbailte is air-loidhne.

Còrdaidh e ribh a bhith ag obair mar phàirt de sgioba agus bhiodh e gu math feumail nam biodh sibh cleachdte ri luchd-obrach a stiùradh agus buidseatan ullachadh. Feumaidh sibh a bhith deònach obair a dhèanamh air an fheasgar agus aig deireadh na seachdaine bho àm gu àm.

Tuarastal eadar £16,266 - £20,489. Tha sgeama peinnsein na Colaiste fosgailte dhan neach a gheibh an dreuchd ma thogras e/i.


Fònaibh 01471 888 430 no cuiribh post-d gu sm00ii@groupwise.uhi.ac.uk airson foirm-larrtais agus dealbh nas fharsainge den obair. Feumaidh larrtasan a bhith a-staigh ro 18 Am Màrt 2005.

Tha Co-ionannachd Chothroman aig crìche Sabhal Mòr Ostaig agus cuirear failete air larrtasan bho gach roinn den choimhearsnachd.

Sabhal Mòr Ostaig
Colaiste Ghàidhlig na h-Alba

Sabhal Mòr Ostaig
Colaiste Ghàidhlig na h-Alba
Sléite | An t-Eilean Sgitheanach | IV44 8RQ
Fòn: 01471 888 000 Facs: 01471 888 001 Post-d: ofiu@smo.uhi.ac.uk

Sreath ùr ag innse eachdraidh na spòrsan Albannach



Uisdean MacIlleathain bho raoin goilf na Hearadh, a chithear sa chiad phrògram Latha na Sabaid sa tighinn

Bidh na prògraman a' toirt suil air trì seòrsa spòrs a tha dùthchasach do dh'Alba – golf, iomain agus curladh. Tha na trì air a bhith air an cluich air feadh an t-saoghail agus tha golf a-nis 'na ghnìomhachas mòr. Cha b'e sin dha nuair a bhatar 'ga chluich le dà chaman agus ball itean air fidean ri taobh a' chladaich. Anns na prògraman ni an t-eòlaiche spòrs Uisdean Mac Illeathain sgrùdadh air mar a dh'fhàs na geamannan seo agus air a' bhuaidh a bh'aca air beatha dhaoine air Ghàidhealtachd.

B'e fear de dh'athraichean golf, Tom Morris, a dhealbhaich raon Àsgairnis an Uibhist a Deas. Tha e air aithris cuideachd gur e a dhealbhaich a' chiad raon aig Steidhinnis ann a Steòrnabhagh. Chaidh an raon sin a ghluasad

nuair a bha feum air an fhearann airson am port-adhair a leudachadh aig am an Dara Cogaidh. Tha e inntinneach fhaicinn gu robh a thri uread de bhoireannaich 'nam buill dhen raon aig an àm sin na th'ann an diugh. Is dòcha gu robh barrachd ùine aca an uair sin. Is e na dùilean a dhealbhaich raon Sgarastaidh anns na Hearadh. Tha an raon seo air cladach a' Chuain Shiar air a mheas mar fhear den fheadhainn is briagha air an t-saoghal.

Tha iomain air a mheas mar an spòrs is Albannaiche dhiubh uile. Tha e fhèin agus an creideamh Crìosdaidh agus Gàidhlig anns na co-aoisean – da mhile bliadhna a dh'aois. Thug na heithirich Albannach an camain leotha gu ruige na ceithir ranna ruadha agus tha cunntas againn air an gèam a bhith 'ga chluich an Astrailia, an Afraca a

Deas agus an Aimeiriga Tuath is Deas. Bha an gèam mar phàirt de ghreadhnachas na Bliadhn' Ùire agus 'ga chluich eadar sgìrean le beag suim do riaghailtean. Anns an Eilean Sgitheanach bhiodh na Macs a' cluich an aghaidh an fheadhainn aig an robh cinneadh eile.

Chaidh clùt na h-iomain anns an Eilean Sgitheanach a dhaingneachadh ann a 1990 nuair a thug iad buaidh air a' Ghearasdan ann an Cuach na Camanachd. Cuiridh am prògram 'nar cuimhne an latha sin agus bheir e suil air iomain an là-an-diugh agus mar a thathar 'ga leasachadh ann an Leòdhas.

Chithear a' chiad prògram san srath Là na Sabaid sa tighinn (13mh) n air Telebhisein Ghhrampian agus Telebhisein na h-Alba aig 5.40 feasgar.

Prìomh Sgeulachdan na Mìos

Luchd-obrach CalMac an cunnart dhol air stailc

Tha cunnart ann gun tèid luchd-obrach Caledonian Mhìc a' Bhriuthain air stailc agus prìomh aonadh na companaidh air bhòt a chur air chois am measg nam ball aca. Tha Aonadh na Rèile, na Mara agus a' Chòmhdhala mì-thoilichte nach deach gealltanais a thoirt seachad mu dè thachras dhan luchd-obrach an dèidh na seirbheisean aiseig a bhith air an tabhann air a' mhargaidh fhosgailte.

Tha riochdairean CalMac air a ràdh mar-thà gu bheil an cunnart stailc air droch bhuaidh a thoirt orra agus mòran a' togail ceist am bi e comasach dhaibh a thighinn air saor-làithean dha na h-eileanan sna seachdainean a tha romhainn, a' gabhail a-staigh àm cudthromach na Càisge.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' cumail a-mach nach eil an còr a roghainn aca ach na seirbheisean a thabhann air a' mhargaidh oir gu bheil na

riaghailtean Eòrpach a' toirt orra sin a dhèanamh.

Ged a tha an aonadh, agus gu leòr eile, a' togail ceist mun sin co-dhiù tha iad gu sònraichte feargach nach tèid gealltanais a thoirt seachad air na h-irean pàighidh agus dòighean-obrach san t-siostam ùr.

Tha an aonadh ag aithneachadh nach urrainn dha CalMac fhèin an gealltanais a thoirt seachad agus gu feum e thighinn bhon Riaghaltas, ach feumaidh iad stailc a chur air dòigh air na h-aiseagan, a tha fo smachd an Riaghaltais aig a' cheann thall, airson buaidh a thoirt.

Thuir rùnair an aonaidh Bob Crow: "Tha e tàmailteach dharribh nach b' urrainn a' chompanaidh gealltanais a thoirt dhuinn nach bi gearraidhean cosnaidh ann no nach tèid pàigheadh, peinneanan agus àrainneachd-obrach an luchd-obrach athar-rachadh."

"Mar thoradh air an sin chan eil roghainn againn ach bhòt ullachadh am measg ar ball agus tha mi air sin innse dhan chompanaidh."

Thuir manaidsear nan gnòthachan poblach aig CalMac Uisdean MacIlleathain: "Tha grunn dhaoine a' fònadh thugainn mu dheidhinn na tha tachairt, gu h-àraidh thairis air saor-làithean na Càisge. Chan eil sinn ann an suidheachadh far an urrainn dhuinn gealltanais sam bith a thoirt. "Tha companaidhean bhuisaichean gu sònraichte draghail, oir tha iad-san mar-thà air na h-àitichean-fuireach aca a ghabhail. Chan e suidheachadh math a tha ann idir agus cha bu math leinn e aig àm sam bith dhen bliadhna."

Tha mu 600 ball dhen aonadh ag obair aig CalMac agus mas e agus gun aontaich iad a dhol air adhart le stailc dh'fhaodadh i tachairt sna seachdainean a tha romhainn.

Rannsachadh air buaidh eaconamaigeach na Gàidhlig

Thathar a' dol a dhèanamh rannsachadh air buaidh cultar 's cànan na Gàidhlig air leasachadh na Gàidhealtachd 's nan Eilean gus cothroman a bharrachd a dhearbhadh airson leasachadh cànan agus leasachadh eaconamach-sòisealta fhighe ri chèile. Bidh Marsaili NicLeòid, oileanach PhD aig Oilthigh Obar Dheathain, a' dèanamh an rannsachaidh a tha air a mhaoineachadh le Comhairle Rannsachaidh Eaconamachd agus Sòisealta (ESRC) ann an co-bhonn ri Iomairt na Gàidhealtachd (HIE).

Bho chionn ghoirid thug HIE taic airgid gus Ionad Nàiseanta na h-Ìmrich a chur air chois, pròiseact co-obrachaidh eadar HIE, Oilthigh Obar Dheathain agus Sabhal Mòr Ostaig anns an Eilean Sgitheanach, agus tha a' bhuidheann air iarraidh gun deigheadh obair rannsachaidh PhD a dhèanamh air buaidh cànan agus cultar na Gàidhlig ann a bhith a' brosnachadh leasachadh agus eaconamach-sòisealta. Coimheadaidh an rannsachadh airson ceanglaichean a tha ann an-dràs

ta eadar Gàidhlig agus rudan leithid ionannachd, fèin-mhìneachd, ceangal coimhearsnachd, cruthachadh agus gnìomhachadh uile air am faicinn cudthromach ann an leasachadh eaconamach-sòisealta maireannach agus leantainneach anns a' Ghàidhealtachd 's na h-Eileanan.

Tha a' bhuidheann dol a dhearbhadh buaidh a' chànan ann an leasachadh sòisealta agus eaconamach ann an ùine fhada anns a' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan, agus bidh Marsaili ag innse amasan agus ceann-uidhe a cuid rannsachaidh. Bidh an t-Ard-Ollamh Micheal Danson, Oilthigh Phàislig, agus an t-Ollamh Dùbhghlas Chalmers, Oilthigh Caledonian Ghlaschu, a tha le chèile nan eòlaichean air eaconamachd agus leasachadh eaconamach, cuideachd a' gabhail pàirt.

Thuir Alasdair MacLeòid, manaidsear leasachaidh cultar agus gnòthaichean òigridh HIE: "Tha sinn a' faicinn seo mar obair rannsachaidh a dh'fhaodadh a bhith

fior chudthromach airson leasachadh eaconamach-sòisealta agus leasachadh cànan anns an sgìre. Tha faireachdainn ann gu bheil cultar làidir, beòthail aig a' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan an-dràsta, agus tha sinn an dòchas cur ris an sin gus beatha mhaireannach, leantainneach a chumail ri dualchas cultarail agus cànan na sgìre."

Thuir stiùiriche Bòrd na Gàidhlig, Ailean Caimbeul: "S'fhada bho chaidh gabhail ris gun robh na dòighean gus leasachadh eaconamach agus leasachadh cànan cho coltach ri chèile agus nach gabhadh sgaradh a dhèanamh eatorra. "Tha HIE agus buidheann eile air a bhith a' cur an làn thaic ris an fheallsanachd seo, agus tha Bòrd na Gàidhlig ag aithneachadh cho cudthromach 's a tha an ceangal a tha seo ann am planadh cànan. Cuiridh Am Bòrd failte air dad a chuireas ri fiosaich mu leasachadh eaconamach, sòisealta agus cànan, agus tha sinn air leth toilichte a' chuir seo a chumail an-diugh."

Ballrachd

Tha An Comunn a' cur failte air na h-uile aig a bheil ùidh anns a' chànan. Stèidhichte anns an Oban ann an 1891 airson a' Ghàidhlig adhartachadh tro foghlam is ceòl le taic phoblach tha An Comunn air a bhith air toiseach le oidhirpean neo-eisimealach airson na Gàidhlig.



Nan raointean obrach aig a' Chomunn is fhiach taic

- Am Mòd Nàiseanta Rìoghail
- Mòdan Ionadail
- Clò-bhualadh
- Meuran
- Bùth A' Chomuinn

1 Tha mi airson a bhith nam bhall den Chomunn Gàidhealach

Ballrachd bliadhna Inbheic £15 Oileanaich £5 Balla Corporra £50 Oigearan £5

2 Lionaibh le fiosrachadh

Ainm	
Seòladh	
Cod Postachd	
Àireamh fòn	Post-dealain

3 Pàigheadh le seic/cairt creideis

Tha seic an cois seo pàighte gu An Comunn Gàidhealach

Cuiribh creideas ri mo: VISA MasterCard AMEX Switch/Maestro

(Issue No.) airson: BALLRACHD BHLIADHNAIL no/agus TIODHLAC

Card number	Expiry date
<input type="text"/>	<input type="text"/>
Ainm sgrìobhte	Ceann là

4 Standing Order Ordugh airson gnàth riaghailt gu do bhanca no do chomann togalaich airson pàigheadh le gnàth riaghailt

Gun mhanaidsear: ainm a' bhanca	
Seòladh	
Cod Postachd	
Pàigh £ <input type="text"/> tatha Banca Rìoghail na h-Alba, 29 Rathad na h-Acarsaid, Inbhir Nis IV1 1NU, Cod reiteachaidh 83-23-10 mar chreideas dhan Chomunn Gàidhealach àireamh chunntais 00755799 agus cuir fìach shuim an aghaidh mo chunntais <input type="text"/> air 01/04/05 agus gach bliadhna an dèidh sin air a' chiad là den Ghiblean	
Ainm sgrìobhte	Ceann là
	Mem. No. (if applicable)

5 Tiodhlac tha mi airson gach tabhartas/fo-sgrìobhadh a ni mi bhon deit seo a bhith mar thiodhlac gus an cuir mi fios air a' chaochladh

6 Ainm sgrìobhte

Ainm sgrìobhte Ceann là

7 Cuiribh seo air ais gu: An Comunn Gàidhealach, 109 Sràid na h-Eaglaise, Inbhir-Nis, IV1 1EY

Glusad sna h-eileanan air obair-caraidh na stoirmean

Thig buidhean poblach nan Eilean Siar còmhla gus beachdachadh air ciamar as urrainn am milleadh a chaidh a dhèanamh ann an stoirmean an Fhaoillich a chàradh. Tha an glusad am measg buidhean nan eilean a' tighinn agus a' Chiad Mhinistear ann an Riaghaltas na h-Alba, Jack McConnell, air aontachadh tadhal air Uibhist airson faicinn dha fhèin an sgrìos a chaidh a dhèanamh. Bidh ministear an ionmhais, Tom McCabe, na chois.

B' e na h-eileanan a deas, le na machraichean isosal aca, a chaidh a bhualadh na bu mhiosa, le mòran dhe na rathaidean, cabhsairean agus togalaichean air an droch mhilleadh. Thathar a' tomhais gun cosg e na milleanan mòra a chur ceart.

B' ann ann an Uibhist cuideachd a fhuair teaghlach òg am bàs nuair a

bhuail suaile mhòr an càr aca agus iad a' teicheadh an dachaigh aca agus iad dol fo bhùrn. Thèid an tuilleadh còmhraidhean a chumail le ministearan an Riaghaltais agus dòchann ann gun tig taic-airgid susbainteach airson an obair caraidh a mhaoineachadh. A' bruidhinn ann am Pàrlamaid na h-Alba, thuir Cathaidh Jamieson — a thadhail air Uibhist i fhèin beagan làithean as dèidh nan stoirmean — gun robh Mgr McConnell deònach a thighinn suas dha na h-eileanan.

Thuir t nath robh iad fhathast ann an suidheachadh far am b' urrainn dhaibh innse de an t-airgead a bha iad deònach thoirt seachad. Ach, dh'innis i: "Tha sinn airson rannsachadh ceart a dhèanamh agus, mar a bhiodh dùil, ni sinn na tha reusanta airson cuideachadh." Thuir neach-gairm Comhairle nan

Eilean Siar, Ailig Dòmhnallach: "Tha mi toilichte gun rinn Pàrlamaid na h-Alba deasbad air a' ghnòthach agus gun tug uimhir de na buill taic dha na h-eileanan. Tha mi cuideachd toilichte gu bheil a' Chiad Mhinistear agus ministear an ionmhais dol a thighinn dha na h-eileanan sa Ghiblean airson am milleadh a dheasbad feuch ciamar a ghabhas a chur ceart. "Dh'urrainn gum biodh ar coimhearsnachdan foighidneach. Tha fios nach eil e furasta gabhail ris nach deach obair caraidh a dhèanamh ann an cuid a dh'aitichean, ach feumaidh sinn bruidhinn ri Riaghaltas na h-Alba mu dheidhinn taic airgid." Thèid grunn choinneamhan poblach a chumail ann an Uibhist is Barraigh air a' mhios seo airson an tuilleadh deasbad a dhèanamh air a' chùis.

Faic duilleag 9

An Gàidheal Òg

CEISTEACHAN CHEANGLAICHEAN

A. Ceangal ainm an là ris an deit.

1.	Là Buidhe Bealltainn	a.	25 Dùbhlachd
2.	Oidhche Shamhna	b.	1 Giblean
3.	Là Naomh Anndra	c.	1 Cèitean
4.	Là na Gocaireachd	d.	30 Samhain
5.	Là na Nollaig	e.	31 Damhar

B. Ceangal ainm Gàidhlig a' bhaile ris an ainm Beurla.

1.	Drochaid Sgudail	a.	Roy Bridge
2.	Baile Dhubhthaich	b.	Falkirk
3.	An Drochaid Ruadh	c.	Spean Bridge
4.	An Gearasdan	d.	Dingwall
5.	Inbhir Pheotharain	e.	Fort William
6.	Drochaid an Aonachain	f.	Conon Bridge
7.	An Eaglais Bhreac	g.	Tain

C. Ceangal an dà fhacal a tha a' ciallachadh an aon rud. Ma tha thug a fhaighinn duilich, faodaidh tu faclair a chleachdadh.

1.	bàta	a.	cuan
2.	rionnag	b.	saoibhir
3.	coibhneil	c.	bòidheach
4.	muir	d.	eathar
5.	tonn	e.	feargach
6.	balach	f.	reul
7.	nighean	g.	stuagh
8.	brèagha	h.	gille
9.	beartach	i.	còir
10.	fiadhaich	l.	caileag

D. Ceangal am batal ris an deit.

1.	Allt a' Bhonnaich (Bannockburn)	a.	1815
2.	Cuil Lodair (Culloden)	b.	1411
3.	Trafalgar	c.	1745
4.	Waterloo	d.	1266
5.	An Leargaidh Ghallda (Largs)	e.	1314
6.	Cath Gairbheach (Harlaw)	f.	1805

Feuch am faigh thu a-mach beagan mu cò na taobhan a bha a' cogadh an aghaidh a-chèile anns na batail sin.

E. Ceangal na seann àireamhan agus an fheadhainn ùra.

1.	Seasgad	a.	Ceithir fichead
2.	Ceathrad	b.	Trì fichead 'sa deich
3.	Seachdad	c.	Deich air fhichead
4.	Caogad	d.	Trì fichead
5.	Ochdad	e.	Dà fhichead
6.	Naodhad	f.	Leth-cheud
7.	Trithead	g.	Ceithir fichead 's a deich

F. Ceangal na bailtean agus na h-eileanan anns a bheil iad.

1.	Loch Baghasdail	a.	Uibhist a Tuath
2.	Bàgh a' Chaisteil	b.	Ile
3.	Tobair Mhoire	c.	Leòdhas
4.	Bogha Mòr	d.	Beinn na Fadhlà
5.	Port-rìgh	e.	Uibhist a Deas
6.	Steòrnabhagh	f.	Muile
7.	An Tairbeart	g.	An t-Eilean Sgiathanach
8.	Baile a' Mhanaich	h.	Barraigh
9.	Loch nam Madadh	i.	Na Hearadh

Còmhlain punc a' toirt na Gàidhlig dhan Roinn Eòrpa



Iomairt gus fèis chiùil ùir a chur air dòigh

Tha dà chomhlain ciùil punc a sheinneas sa Ghàidhlig an impis cuairt a dhèanamh sa Roinn Eòrpa a ghabhas a-steach a' Bheilg, an Olaind, a' Ghearmailt agus a' Pholann. 'S e an dà chomhlain "Oì Polloi" à Dùn Èideann agus "Mill a h-Uile Rud" a bhuineas do Sheatle sna Stàitean Aonaichte.

Tha an dà chomhlain air clàran a dhèanamh gu tìr sa Ghàidhlig bho chionn ghoirid. Nochd "Carson?" bho Oì Polloi an toiseach agus an-uiridh rinn Mill a h-Uile Rud am meanbh-chlàr "Ceàrr" a chaidh a chluich gu cumbhalach air a' phrògram BBC "Rapa!". Mar phàirt dhen turas bidh MaHR a' dèanamh seisean as ùr san stiùidio aig Rapa!.

Ged nach eil ceòl coltach ris ri chluinntinn sa Ghàidhlig chan eil teagamh nach eil feill mhòr air ann am bailtean na Roinn Eòrpa. Tha Oì

Polloi air a bhith mun cuairt ann an cumadh air choreigin fad 20 bliadhna agus tha iad air iomadh clàr a dhèanamh gu ruige seo. 'S ann tric a tha iad air cluich air beulaibh sloigh suas ri 2000 ann an dùthchannan mar a' Ghearmailt, a' Pholann agus an t-Suain. Ged is ann à Seattle a tha MaHR, tha ceanglaichean aig aon den chomhlain ri Beinn nam Faoghla agus tha dìthis dhiubh air a' Ghàidhlig ionnsachadh gu fileantachd.

'S ann à Seattle a thàinig an còmhlain cliùiteach Nirvana agus dhèanadh cuid coimeas eadar iadsan agus an dà chomhlain seo. Gheibh sibh air chluinntinn Oì Polloi agus aig an 13th Note, Glaschu air 11mh Giblean. Chithear an dà chomhlain air prògram a theid a chraoladh a-rithist am-bliadhna mar phàirt den t-sreath 'Ealtainn' air BBC Alba.

Seonaidh Adams



Tha na còmhlain "Oì Polloi" agus "Mill a h-Uile Rud" a' toirt na Gàidhlig gu luchd-èisteachd nach eil 's dòcha robh chleachta air a' chànan a chluinntinn

Tha Blas — pròiseact gus fèis chiùil Cheilteach a chur air dòigh sa Ghaidhealtachd — air fiathachadh a chur gu buidhnean coimhearsnachd gus pàirt fhoirmeil a ghabhail san tachartas ùr inntinneach ac', a theid a chur air adhart aig deireadh an t-samhraidh.

Tha a' bhuidheann ag amas air ceòl dùthchasach na sgìre a bhrosnachadh ann am fèis a leanas fad seachdain, gu h-àraidh agus Bliadhna Chultar na Ghaidhealtachd ga stèidheachadh ann an 2007.

Bho chionn ghoirid dh'ainmich iad Brian O hEadhra mar cho-òrdanaiche na sgeama agus bidh esan gu mòr an sàs anns na h-ullachaidhean againn a thoirt gu ìre.

Tha luchd-obrach Blas agus Brian an-dràsta ag obrachadh gu luchd-ciùil fhaighinn agus cuideachd ionadan a chur air dòigh anns na sgìrean a leanas: Gallaibh & Cataibh, Rois & Crombaigh, An t-Eilean Sgitheanach & Loch Aillse, agus Loch Abair. 'S ann anns na sgìrean sin a bhios an Fhèis an toiseach ach bidh i a' sgaoileadh a-mach gu ceàrnaidhean eile dhen Ghaidhealtachd anns na bliadhnaichean a tha ri teachd.

Ach fhad 's a tha an obair sin ga dhèanamh tha iad ag iarraidh cluinntinn bho dhaoine no bhuidhnean a tha deònach cuirmean no tachartasan eile a chur air dòigh sa sgìre aca fhèin. Tha iad ag amas a bhith a' co-obrachadh gu dlùth le daoine a tha airson com-pàrteachadh ann am fèis na bliadhna-sa. Cuideachd, tha iad airson cluinntinn bho dhaoine a tha airson tachartas sònraichte a mholadh do Blas a tha tarraing còmhla buidhnean do luchd-ciùil nach eil ag obair còmhla ann am bihteantas.

Bidh Blas a' tabhann caochladh sheirbheisean a tha a' saoradh buidhnean coimhearsnachd bho uallach mòr. Bidh iad, mar eisimpleir, a' maoineachadh tuarastal an luchd-ciùil, àiteachan-fuirich, cosgaisean siubhail agus mar sin air adhart. A thuilleadh air an sin, bidh iad a' gabhail os làimh rianachd oifis, a' gabhail a-staigh cunnradh no fastadh luchd-ealain, àiteachan-cluiche, àiteachan-fuirich agus siubhal.

Ach bithear a' sùileachadh gum biodh luchd-eagrachaidh an tachartais ag ullachadh na h-obrach phractigeach gu lèir air latha/oidhech an tachartais agus a' dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach saor-thoileach gu leòr air am fastadh, a leithid dor-sairean, luchd-taic agus luchd-cuideachaidh. Airson an uallach seo a ghabhail os làimh gheibh iad pàirt den t-sum a bheirear a-steach aig na tachartasan agus tha Blas an dòchas nach bi cosgaisean nan tachartasan fhèin a' tuiteam air luchd-eagrachaidh ionadail.

A' bruidhinn mun obair ùir aige, thuirt Brian: "Tha mi air leth toilichte an obair seo fhaighinn. Saoilidh mi gu bheil e uabhachas cudthromach do bheatha na Gàidhlig agus dualchas nan Gàidheal gu bheil cothrom ann fèisean ùra dhen t-seòrsa seo a chur air bhonn."

"'S e toiseach toiseachaidh math a th'ann gu bheil buidhnean mar na fèisean ionadail agus PAN ann mu thràth gu cuideachadh leis an Fhèis ach bu mhath leinn cuideachd beachdan agus comhairle fhaighinn bho dhaoine eile sa choimhearsnachd aig a bheil ùidh ann an ceòl agus dualchas na Ghaidhealtachd."



Brian O hEadhra

Cliù proifiseanta a' gheama air a mhilleadh le aon droch cho-dhùnadh



Sùil air Spòrs
Le Ailig O' Hianlaidh

As dèidh na butarras a rinn maighstir Anndra Davis aig Tynecastle an t-seachdain seo chaidh tha fios gu bheil an latha an uair a theid teicneòlas a chleachdadh ann am ball-coise ceum nas

fhaigse. Dhuibhse a tha a' fhaigheachd cò a tha ann an Anndra Davis no a tha air a bhith a' fuireach ann an uaimh bho Dhiciadain-sa chaidh, 's esan am fear a bha a' ruith na loighne sa gheam eadar Hearts is Rangers agus a thug buille peanaid don sgioba aig Ailig Mac Illiosa ann an ùine a bharrachd airson an gèam a ghlèidheadh.

Cha robh duine am broinn na pàirce a' coimhead airson buille-peanaid ach a-mhàin Sotirios Kyrgiakos, an cluicheadair dìon aig Rangers a dh'fheuch ri cheann a chur ris a' bhall airson oidhirp fhaighinn air an tadhal. Bha an rèitire, Uisdean Dallas, air an co-dhùnadh a thoirt do Hearts an gèam a thòiseachadh a-rithist ach an uairsin chuir maighstir Davis am flaga aige suas airson rudeigin a bha e air fhaicinn.

Bhon a tha rèitirean ann an Alba ag obair mar chomann dìomhair nach fheum na co-dhùnaidhean aca a mhineachadh, chan eil fios le cinnt dè a chunnaic

Davis, ach a rèir choltais thuirt e ri maighstir Dallas gun robh Lee Miller, cluicheadair Hearts, air Kyrgiakos a shlaodadh sìos le dhà làimh. Chan eil na dealbhan telebhisein a' sealltainn dad dhe sheòrsa agus ma bha co-dhùnadh idir ri dhèanamh, 's e gun robh Kyrgiakos ri pheanasachadh airson feuchainn ris a' bhall a làimheachadh.

Tha e follaiseach mar sin gun robh Davis ceàrr am flaga aige a chur suas ach na bu mhiosa buileach rinn Dallas mearachd èisteachd ris. Ma choimheadas tu ri na dealbhan bha an rèitire ann an suidheachadh na b' fheàrr airson an tachartas fhaicinn agus bha a' chiad smuain aige ceart: sin gun robh am ball air a' dhol a-mach agus gum bu chòir do Hearts an gèam a thòiseachadh a-rithist. Tha e duilich a thuigsinn carson a bha rèitire cho eòlach ri Dallas deònach an co-dhùnadh atharrachadh anns na diogan mu dheireadh dhen gheam agus deagh fhios aige am buaireadh a dh' fhaodadh e ad-

hbhrachadh.

Nan robh ciall sam bith air a bhith aige, bhiodh e air an gèam a thòiseachadh a-rithist agus an fhìdeag mu dheireadh a sheinn gòirid as dèidh sin. Cha bhiodh duine air a bhith mì-thoilichte leis an sin mar a dh'aidich riochdairean Rangers fhèin as dèidh a' gheama. An àite sin chaidh buille peanaid a thoirt seachad air facal an fhìr a bha a' ruith na loidhne agus chaidh an ceòl air feadh na fìdhle leis a' chluicheadair òg Lituianach aig Hearts, Saulius Mikolijunas, a' fhaighinn dà chairt dheire.

Gun teagamh bha Mikolijunas ceàrr a dhol na ruith gu maighstir Davis mar a rinn e, ach do dhuine sam bith a tha air an gèam a chluich tha e furasta gu leòr a thuigsinn carson a rinn e a leithid. Shaoileadh tu a rèir cuid dhe na meadhanan gun robh am balach seo air gabhail ri maighstir Davis le cas spaid mar a tha iad air a bhith a' bruidhinn, m.e. an Sun leis a' cheann-naidheachd "Mad Miko" a' mhadainn as dèidh a' gheama. Cha do rinn Mikolijunas ach a dhol aghaidh ri aghaidh ri Davis agus mar a chi duine sam bith do Hearts an gèam an deagh bhrù air Davis airson cluicheadair sam bith a chumail pios air falbh bhuaite!

Thèid Mikolijunas a pheanasachadh gun teagamh sam bith airson na rinn ach dè am peanas a gheibh maighstirean Davis agus Dallas,

sa oil? Tha eachdraidh aig maighstir Davis an uair a thig e gu co-dhùnaidhean mar seo agus gu h-annasach 's e Rangers as trice a tha a' faighinn buannachd asta. Dà bhliadhna air ais an uair a ghlèidh Rangers an liog mu dheireadh bha Davis a' ruith na loidhne ann an gèam ri Dùn Dè aig Pàirce Dens. Chrìochnaich e 3-3 ach fhuair Rangers buille peanaid theagmhach eile as dèidh do Davis am flaga aige a chur suas airson rudeigin nach fhac an rèitire. Bha argamaid na bu làidire aige an trup sin gun teagamh agus bu chòir a' ràdh cuideachd gun do dhùilt e tadhal bho Ragnall de Boer, ach mura b' e a' bhuille-peanaid sin bhiodh Rangers air an liog a chall. Bho chionn faisg air còig bliadhna, b' e Davis cuideachd a dhùilt tadhal do Celtic an aghaidh Rangers aig Ibrox an uair a thuirt e gun robh Mark Viduka air am ball a làimheachadh.

Ann an dùthaich far a bheil a' mhòr-chuid de dhaoine a' leantail Celtic no Rangers tha e do-sheachanta nach bi taobh aig cuid de rèitirean is oifigich ri tè dhe na sgiobaidhean sin, ach chan eil sin ag ràdh nach urrainn dhaibh a bhith proifiseanta nan cuid obrach. Chanainn gu bheil a' mhòr-chuid aca a' coileanadh nan iaran sin, ach an uair a tha suidheachadh mar seo agad far a bheil aon neach gu sònraichte a' toirt co-dhùnaidhean do dh'aon taobh gu cumbhalach,

bu chòir fhàgail a-mach a' gèam sam bith anns a bheil an Old Firm an sàs.

Aig a' cheann-thall ma dh'fhaodte gur e an co-dhùnadh aig maighstir Davis a dhearbhas co-dhùin an e Rangers no Celtic a ghlèidheas an Liog air an t-seasan-sa. Dh'fhaodadh e cuideachd buaidh a thoirt air Hearts a tha a' feuchainn faighinn don treas àite agus cothrom fhaighinn air ball-coise Eòrpach air an ath sheasan. Tha mòran cliù agus airgead a' crochadh air co-dhùnaidhean connspaid each mar seo agus sin as coireach gum bu chòir dhuinn a bhith cho cinnteach 's a ghabhas mus tèid an toirt seachad.

Anns an ùine a thug e do maighstir Dallas bruidhinn ri Davis Diciadain-sa chaidh dh'fhaodadh an ceathramh oifigeach a bhith air sùil a thoirt air na dealbhan telebhisein agus fios a leigeil gu Dallas nach b' e buille-peanaid a bh' ann. Nan robh sin air tachairt cha bhiodh dad dhen ùpraid seo air èirigh agus bhiodh barrachd earbsa aig luchd-leantail sna rèitirean againn. An àite sin tha Davis agus Dallas air anail as ùr a thoirt don sgoil a tha a' smaointinn gu bheil rèitirean a' taobhadh ri aon sgioba agus ag obair an aghaidh tè eile. 'S e fìor dhroch rud a tha sin dhan gheam an Alba agus mar as luaithe a ghluaisear gu bhith a' cleachdadh teicneòlas 's ann as fheàrr.

An Gàidheal Ùr

Baile Inbhir Nis, prìomh bhaile na Gàidhealtachd. Dachaigh Bòrd na Gàidhlig, dachaigh Comunn na Gàidhlig, Comhairle nan Sgoiltean Àraich, An Comunn Gàidhealach agus iomadh buidheann cànanais cultair eile. Ach an dèidh na thachair bho chionn ghòirid bhiodh e furasta sin a dhiùchum-neachadh.

Tha e duilich co-dhùnadh masladh is no-leirsinneach comhairlichean a' bhaile mu shoidhnichean Gàidhlig a thuigsinn. De a thug orra smaoinneachadh nach robh dualchas Gàidhlig sa bhaile? Cuin a thug iad sùil air na h-ainmean mu thimcheall orra, air an starsaich aca pèin, air beulaibh an sùilean fhèin? Cha mhòr gu bheil ainm sràid ann nach tàinig bhon Ghàidhlig sa chiald aite.

Agus chan e sin a-mhàin, ach an uair thig e gu buannachd fhaighinn bho chùisean cultarail, abair gum bi na h-aon dhaoine seo ag èigheachd àrd an clagainn mu cho luachmhor 's a tha am baile gu cultarail.

Ann an dà bhliadhna eile, thèid Bliadhna Chultarail na Gàidhealtachd a chur air adhart, agus bidh e na iongnadh mura bi Inbhir Nis na mheadhan air gach nì a tha a' tachairt agus air a' bhuanachd a thig às. Tha ceist ann a bheil iad airidh air. Bhiodh e iomchaidh gu leòr a ràdh nach eil.

A thuilleadh air an argamaid aca nach eil dualchas a' chànanais folaiseach sa bhaile, bha na comhairlichean cuideachd airson a dhèanamh soilleir nach robh ach nas lugha na 10% ga bruidhinn taobh a-staigh a chrichean.

Nach iad a tha bàidheil, lèirsinneach. Nam biodh comhairlichean Ghlaschu air na h-aon argamaid a chleachdadh cha bhiodh fìu 's a' bhun-sgoil Ghàidhlig air a' dhol air adhart, gun luaidh air a-nis gu bheil dol a dh'àrdachadh sin

chun chiad àrd-sgoil gu tur tro mheadhan a' chànanais. Nach ann sin a tha an eisimpleir.

Thatar an-dràsta a' beachdachadh air sgoil Ghàidhlig eile a chruthachadh an Inbhir Nis, agus tha sin iomchaidh gu leòr; tha fhios, ach an dèidh na thachair le na soidhnichean Gàidhlig chan urrainn cus misneachd a bhith againn gum bi an iomairt cho soirbheachail 's a dh'fhaodadh i a bhith. Tha cothrom toiseach-toiseachaidh againn sealltainn dha na comhairlichean cho mì-reusanta 's a bha an co-dhùnadh aca le bhith gabhail pàirt san ath-chuinge a chur luchd na Gàidhlig an Inbhir Nis air adhart. Bidh e na iongnadh ma bhios e soirbheachail ann a bhith toirt orra a' chùis atharrachadh, ach dh'fhaodadh e aig a' char as lugha teachdaireachd làidir a thoirt dhaibh nach fhaigh iad idir às le a' bhith dèiligeadh leis a' Ghàidhlig mar a tha iad.

Tha e duilich dhuinne a tha an sàs ann an strì na Gàidhlig gabhail ris gu bheil uimhir de chnap-starradh mu ar coinneamh ann an aite a tha air aithneachadh mar prìomh bhaile nan Gàidheal.

Nuair a thèid thu a-null a Ghailimh, prìomh bhaile Gàidhealtachd na h-Èireann, tha thu air do chuairteachadh le Gaeilge agus chùisean a' chànanais, gu h-àraidh ceol. Bhiodh e beagan cus smaoinneachadh ris an aon rud tachairt ann an Inbhir Nis ach bu chòir na comhairlichean sgrìob a thoirt a-null a Ghailimh ach am faic iad dhaibh pèin a' bhuanachd — ann an dòigh eaconamaigeach — a tha leithid de bhlas Gàidhealach a' toirt air an aite.

Cha dèanadh e cail a chron dhaibh co-dhiù oir as dèidh nam facal faoin aca — agus na tha tachairt an àiteichean eile — 's e th'againn anis ach deagh-rùn nan Gall agus mì-rùn nan Gàidheal.

teaghlach òig.

Chan urrainnear an teaghlach sin a thoirt air ais. Ach, 's urrainnear feuchainn ri rudeigin a dhèanamh mun sgrìos eile a chaidh a dhèanamh air an aite. Tha na h-Uibhistean air a bhith fulang ro fhad le droch rathaidean, dith cosnaidhean is sluaigh a' crìonadh.

Nach e bhìodh e na chuimhneachan freagarrach air an teaghlach Mac a' Phearsain nam faigheadh air an aite ath-nuadhachadh tro bhith ag aithneachadh cho dona 's chaidh am bualadh. 'S dòcha gur e an tàmailt mu dheidhinn gu feumadh e thigheann chun ire seo mus deigheadh cail a dhèanamh mu dheidhinn.

Tha na seachdainean a dh'fhalbh air a bhith duilich dha-riribh dha muinntir Uibhist ann na h-Eileanan an Iar. Chaidh teaghlach òig nach robh ach air ùr-glhuasad chun aite, a dhith. Tha seo cianail ann an coimhearsnachd sam bith, ach nuair a tha a' choimhearsnachd cho faisg 's cho beag ri Uibhist tha an gòirteas agus an fuilangas gu mòr nas miosa.

Nuair a thig e gu cuimhneachadh stòirmean an Fhaoilich, is e seo a bhios gu mòr an inntinn dhaoine na cail sam bith eile. Ann an seagh, chan eil an cron a chaidh a dhèanamh air toglaichean, rathaidean is cabhsairean na sgìre ach gun bhrìgh an coimeas ri call

Beachd

Comhairlichean spàgach cha chuireadh iad càl no curranan



Le Aonghas Pàdraig Caimbeul

Tha cuid de chomhairlichean Inbhir Nis air iad fhèin a nàrachadh agus air dimeas mhòr a dhèanamh air a' Ghàidhlig le diùltadh gabhail ri soighnichean dà-chànanach air feadh mòr-sgìre a' bhaile, agus cha bu chòir dhaibh a-muigh no a-mach faighinn dheist leis. Chan e a-mhàin gu bheil iad air iad fhèin a nàrachadh agus air dimeas a dhèanamh air a' Ghàidhlig, ach tha iad a' dol colg-dhireach an aghaidh poileasaidh follaiseach Comhairle na Gàidhealtachd a tha gu soilleir a' toirt taic do shoighnichean Gàidhlig.

A-nis, tha fhios ag aibhse 's agamsa nach e soighnichean-rathaid an rud as cudthromaiche ann an saoghal na Gàidhlig, 's nach eil soighnichean (no poileasaidh no Bile no Bòrd no eile) a' dol "a shàbhaladh" na Gàidhlig, ach tha fhios againn cuideachd nach ann mu dheidhinn sin a tha seo idir idir. Tha e mu dheidhinn a bhith beò, le cead ar cànan fhaicinn 's a chleachdadh gu saorsneachail, gun chnapan-starradh gun tur 's gun fheum a-bharrachd nar rathad. Chan ann mu dheidhinn "sàbhaladh" cànan a tha seo, ach mu dheidhinn a cleachdadh.

Tha Ruairidh MacIlleathain còir ann an Inbhir Nis cheana air a dhèanamh nas soilleire na soilleir do chomhairlichean Inbhir Nis gur e a' Ghàidhlig bun is bàrr a' bhaile, ach a rèir choltais tha e a cheart cho math dhut a ràdh ri fear na gealaich cnap caise ithe. A dh'aindeoin 's gun do dh'ìnnis Ruairidh agus iomadh neach eile dhaibh uair is uair eile gu bheil Scorgui a' ciallachadh Sgòrr na Gaoithe, agus Dalneigh Dail an Eich agus mar sin air adhart, tha cuid dhiubh fhathast mar am madadh a thill air ais a-chum a sgeith fhèin, no mar a' mhuc a chaidh a nighe ach a thill air ais a-chum a h-aoirneagan anns an làthaich mar a tha an t-Abstol Peadar ga chur.

Tha e smaoinneachail gur e na leth-bhailtean mar gum biodh a bha a-riamh leam-leat mun Ghàidhlig, 's ann an dòigh tha sin furasta gu leòr a thuigsinn oir bha agus tha na leth-bhailtean sin le cas a' tighinn 's cas a' falbh, le eachdraidh agus dualchas Gàidhlig ach a thionndaidh air falbh bhuaithe airson an sùil 's an teanga a chur ris a' Bheurla. Nuair a chanas mi "leth-bhailtean" tha mi cuideachd a' ciallachadh leth-dhaoine: 's e sin ri ràdh an

sluagh sin aig an robh pàrantan le Gàidhlig ach a chuir an cùl ris a' chànan fhèin airson iomadh adhbhar a tha glè aithnichte nis — nàire tro fhoghlam anns a' phrìomh aite.

Tha na leth-bhailtean sin, mar Inbhir Nis — 's tha fìos gu faodamaid bailtean mòra' na Gàidhealtachd, leithid Steòrnabhagh agus Port Rìgh agus an t-Oban is eile a chur riutha — o chionn grunn ghinealachan a-nis air a bhith eadar dà shaothal. Mar Jhanus le aghaidh Gàidhlig is Gallda; le eachdraidh mhòr ionmholta Ghaidhealach, ach a thog nòsan na Galldachd. Tha deagh fhàirt de Ghaidhealtachd na h-Alba mar an seann chù sin air a bheil sinn uile cho eòlach a thuigeadh, ged nach bruidhinneadh a' Ghàidhlig.

Saoilidh mi gu bheil soighnichean-rathaid air-leth cuideachail ann a bhith a' treòrachadh an t-sluaigh (chaille!) sin a-chum slioghe cheart. An aite a bhith cosgail agus nan adhbhar airson a dhol air seachran, mar a tha cuid de chomhairlichean Baile Inbhir Nis a' dèanamh a-mach, bhiodh soighnichean Gàidhlig a' dèanamh an dearbh chaochladh: a' foillseachadh eachdraidh fhalaichte na sgìre, a' dèanamh an rud a bha tàmailteach uasal agus a' toirt seachd na teachdaireachd gur e rud uasal, prìsel anns a bheil moit aca a tha anns a' Ghàidhlig, seach rud iseal suarach, mar poll salach air bonn nam brògan a dh' fheumas tu a ghlanadh às mus tig thu a-steach gu coinneamh. Ged 's dòcha gur e sin an fhìrinn dhaibh.

Saoilidh mi gu bheil pàirt dhe seo co-cheangailte ri mar a mhinicheas air neo mar a dh'eadar-theangaicheas sinn uile ar n-eachdraidh. An e rud glòrmhor air neo an e rud suarach a thachair dhomh? An e òr no airgead a bh' anns a' Ghàidhlig? An e glòir no faoinneach a bha anns an Sonme? No ann an Vietnam, no Cùil Lodair no Iorac?

Oir a rèir 's mar a mhinicheas — air neo mar a dh'eadar-theangaicheas — sinn ar n-eachdraidh, bidh sinn. Ma chaidh a theagasg dhuinn gur e rud lag, seann-fhasanta a bha anns a' Ghàidhlig, a bheil e na iongnadh gun do dh'fhàs sinn suas a' creidsinn gur e rud lag, seann-fhasanta a bh' innte? Ma chaidh Shakespeare is Milton is Shelley is Wordsworth is eile a mholadh dhuinn, gun guth air Donnchadh Bàn no Uilleam Ros no Mac Mhaighstir Alasdair a bheil e na iongnadh gun tèid aig cuid againn air *In Xanadu did Kubla Khan/ A stately pleasure dome decree: Where Alph, the sacred river, ran/ Through caverns measureless to man/ Down to a sunless sea* aithris, ged nach eil cuimhne 'am fhathast air a' chiad loidhne, no eile, de Bhirlinn Chlann Raghnaill?

Ma chaidh a ràdh rinn gu bheil a' Ghàidhlig a' bàsachadh, a bheil e na iongnadh sam bith gur ann mar sin a tha sinn ga làimhseachadh? Nach eil an saoghal gu leir co-dhiù a' bàsachadh? Nach tig a' ghrian a' sealladh aon latha dorch' air choreigin? Ach chan eil sin a' ciallachadh gu bheil sinn uile a' dol mu chuairt ag ochanaich 's ag achanach le na plaideachan os cionn ar cinn. Mar sin leis a' Ghàidhlig: nach eil a cheart uimhir dòchais mu thimcheall 's a tha mu thimcheall rud sam bith eile? Nach eil i a cheart cho beò, aig a' mhionaid seo, an-diugh fhèin, dìreach an-dràsta, 's a tha a' ghrian a tha mi a' faicinn suas anns na speuran, no mo leanabh beag Eòsaph a tha a' ruith timcheall an taighe, air neo sìtheanan beaga an earraich a tha mi a' cheana a' faicinn a' prìobadh tron talamh?

O, tha fhios 'am gum faodadh a' ghrian a dhol às a-màireach air neo gum faodadh reothadh tighinn a-nochd a chuireadh às dha na sìtheanan beaga, ach chan eil an sin ach dìreach dòigh (aon dòigh) air sealltainn air, agus chan e an sealladh as fheàrr. Chan eil ann ach ficsean an aghaidh ficsein, agus 's fheàrr leam fhathast ficsean an dòchais is ficsean saorsainn seach ficsean an eu-dòchais

no ficsean a' bhàis.

'S ann airson sin a tha mi air fàs cho dèidheil air an t-seann òran 'Fiollaigean' air a bheil mi air a bhith a' coimhead 's ag ionnsachadh an-seo a chionn latha no dhà. Tha mi a' dèanamh oidhirp eadar-theangachadh a dhèanamh air airson fo-thiotalan airson sreath ùr ceangailte ri òrain a tha BBC Craoladh nan Gàidheal a' deasalachadh an-dràsta, 's a bhios a' dol a-mach a dh'aithghearr an dà chuid air rèidio agus telebhisean. Chan eil teagamh sam bith agam nach bi iad fìor mhath 's gun cuir iad nar cuimhne cho fìor bhreagha 's cho fìor ealanta agus cho fìor èibhinn 's co-aimsireil cuideachd 's a tha ar n-òrain.

A rèir choltais 's e duine àraidh iongantach a bh' ann am Fiollaigean agus 's dòcha nach eil fìrinn, no ficsean, nas fheàrr againn ann an saoghal na Gàidhlig na an fhìrinn no an fhicsean ainmeil a chaidh a chruthachadh mu thimcheall. Ged a tha an t-òran fhèin còir is ceud bliadhna dh'aois tha e cho *contemporary* is cho gear ri bàrdachd sam bith a tha mise faicinn mun thimcheall an-diugh. Tha e mar rud a sgrìobhadh Graham Greene, agus on a tha mi air fàs cho dèidheil air an sgrìobhadh aige-san anns an latha th' ann cha b' urrainn dhomh moladh nas motha a dhèanamh. 'S dòcha fìu 's gum faodadh e seasamh mar shamhla de aoir air Blair/Bush no 's dòcha air cuid de chomhairlichean Baile Mòr Inbhir Nis:

Bha dùil gum bu cheannaiche mòr thu As an robh stòr neo-chumant' Gu facas do phoc ann an òrdugh Siubhal air tòir nan luideagan.

Thog thu taigh-geal ann an Arnol As an robh àird neo-chumanta Staidhrichean cama le sgàthan As an rum-àrd aig Fiollaigean.

agus

Dh'iuilt sibh soighnichean Gàidhlig A chur suas as a bhail' againn — B' fheàrr leibh droch spelling na Beurla Seach ainmean ceart air na rathaidean.

B' fheàrr leibh Merkinch is Culcabock, Seach Innis nan Each 's Cùil Càbaig, 'S fheàrr leibh droch spelling na Beurla Seach litreachadh coileant' na Gàidhlig.



air a dhèanamh nas soilleire na soilleir do chomhairlichean Inbhir Nis gur e a' Ghàidhlig bun is bàrr a' bhaile, ach a rèir choltais tha e a cheart cho math dhut a ràdh ri fear na gealaich cnap caise ithe



Tha tús Gàidhlig glè fhollaiseach air mòran de dh'ainmean sràidean baile Inbhir Nis — a dh'aoidheoin de a' chomhairlichean ag ràdh

Litrichean gu:

Taigh a' Mhorair Leverhulme

Ceàrnag Phearsabhail

Steòrnabhagh

Eilean Leòdhais

HS1 2DD

Fòn: 01851 703487

Facs: 01851 706467



A' sìneadh làimh de chàirdeas thairis Sruth na Maoile

Chan eil fad sam bith cho chaidh Alasdair Caimbeul ainmeachadh mar oifigear Iomairt Cholm Cille ann an Alba. Ann an seo tha e a' mìneachadh na tha fa-near dha agus feallsanachd na h-iomairt fhèin...

Bho chaidh Iomairt Cholm Cille a stèidheachadh ann an 1997 le Ceann-suidhe na h-Èireann aig an àm, Máire Ní Róibín, agus Brian MacUilleim, a bha na mhinistear airson na Gàidhlig, tha an Iomairt air taic a thoirt do chòrr 's 100 pròiseact a dh'aona-ghnothaich gus na ceanglaichean eadar Gaidheil na h-Alba is na h-Èireann a neartachadh.

Bha na ceanglaichean seo riamh ann, bho àm Chaluim Chille fhèin gu dearbh, ach bha iad air lagachadh tro na linntean agus bha faireachdainn ann gu robh feum air miseanaraidhean ùra a bhrosnachadh iad às ùr. 'S e sin a thachair. Agus eadar ceanglaichean coimhearsnachd leithid na bh' ann eadar Conamara is Nis, cruinneachaidhean òigridh mar Phàrlamaid nan Oilleanach, tachartasan ciùil, sgoiltean samhraidh dràma, rammsachadh, clasaichean Gaeilge is Gàidhlig, Leabhar Mòr na Gàidhlig agus iomadh rud eile, tha Iomairt Cholm Cille air tòrr a chur ri daingneachadh nan dlùth dhàimh a th' ann eadar luchd-labhairt na Gàidhlig is luchd-labhairt na Gaeilge.

Tha an Iomairt a' faicinn mar a tha co-obrachadh eadar na dùthchannan is na coimhearsnachdan a' neartachadh a' chànain anns gach àite agus a' toirt misneachd is lùths do luchd-labhairt mhion-chànanan. Tha seo gu h-àraidh follaiseach le clann. Tha an Iomairt air taic a thoirt do ghrunn thursan sgoile eadar Èirinn is Alba far am bi clann a tha faighinn Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig is Foghlam tro Mheadhan na Gaeilge a' tighinn còmhla. Cho luath 's thig Gaidheil à Alba is Èirinn còmhla tha iad mothachail air cho coltach ri chèile 's a tha an cultar aca, agus gu ìre cho coltach ri chèile 's a tha na cànanan aca. Ach aig an aon àm tha na h-aona dhaoine a' tuigsinn na tha eadar-dhealaichte eatarra agus mar a dh' fhaodadh iad ionnsachadh bho chàch a chèile.

Bha an dà phuuing sin air an dearbhadh le turas a chuir ICC air dòigh dìreach ron Nollaig nuair a chaidh buidheann, le Brian MacUilleim air a ceann, à Alba a Bhaile Atha Cliath airson barrachd fhaighinn a-mach mu Foghlam tro Mheadhan na Gaeilge, gu h-àraidh aig ìre àrd-sgoile. 'S e rud a bhuaill òirnn uile à Alba, cho mòr 's a tha na h-àireamhan aca sna h-àrd-sgoiltean ann an Èirinn: mìltean de sgoilearan a' dèanamh cha mhòr a h-uile cuspair tro mheadhan na Gaeilge. Ach an uair sin fhuair sin a-mach gu robh na h-aon dhuilgheadasan fhathast aca a thaobh stuthan teagaisg 's aig amannan dith thidsearan. Cuideachd thàinig e am fol-

lais gu robh 's dòcha suidheachadh nas fhearr againne tro mheadhan na Gàidhlig a thaobh cùraim is foghlaim fo aois sgoile na th' aca san tro mheadhan na Gaeilge. Mhol tòrr dhaoine, stiùirichean foghlaim nam measg, a bha air an turas cho feumail 's a bha e, ach an uair sin bha iad a' faighneachd dè an ath cheum. Bha feadhainn dhiubh a' bruidhinn air daoine às Èirinn a thoirt a-nall a dh'Alba airson òraidean a libhrigeadh aig co-labhairt air Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. Bha feadhainn eile ag ràdh cho math 's a bhiodh e barrachd ionnsachadh bho Èirinn a thaobh Foghlam tro Mheadhan na Gaeilge aig ìre àrd-sgoile gu h-àraidh às dèidh do Chomhairle Baile Ghlaschu aontachadh gu bheil iad dol a stèidheachadh a' chiad àrd-sgoil Ghàidhlig.

Seo deagh eisimpleir dhen obair aig Iomairt Cholm Cille. Tha sinn air daoine a thoirt còmhla, daoine a tha eòlach air agus an sàs ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig is Gaeilge, agus tha sinn a-nis an dùil to-gail air an seo agus co-obrachadh nas dlùithe a bhrosnachadh a bhios na chuideachadh ann an raon chudthromach do luchd-labhairt mhion-chànanan.

Tha Iomairt Cholm Cille cuideachd gu mòr airson gum biodh buidheann de dhaoine ann aig a bheil Gàidhlig na h-Alba is Gàidhlig na h-Èireann. Tha sinn air grunn chlasaichean a chur air dòigh mu thràth, agus bha 'Glaschu nan Gàidheal' ann sa Ghearran. San tachartas shònraichte seo, chaidh cèilidh 's clasaichean a chumail ann an Glaschu far an robh Gaidheil à Alba is Èirinn a' tighinn còmhla ann an Ionad na Pìobaireachd sa Bhaile.

Dòigh eile anns a bheil sinn a' brosnachadh barrachd co-thuigse is co-obrachadh 's e sin tro litreachas. Tha ICC air tòrr taic a thoirt dhan Leabhar Mhòr, a tha air aithne shònraichte a bhùileachadh air bàrdachd na Gàidhlig 's na Gaeilge. Cuideachd tha an Iomairt a' toirt taic dhan Guth — iris bhàrdachd Ghàidhlig a tha Rody Gorman a' deasachadh. Tha An Guth a' toirt cothrom do bhàird ann an Alba is Èirinn an stuth ùr aca fhòillseachadh ann an leabhar a tha sealltainn cho torach 's a tha gach taobh de Shruth na Maoile, agus a tha toirt cothrom do dhaoine coimeas a dhèanamh eadar nua-bhàrdachd anns gach dùthaich. Agus am-bliadhna tha bàird Ghàidhlig, bàird Ghaeilge is bàird Ghaelg gu bhith farpais ri chèile airson a' chiad uair.

Tha mi fhin a' faireachdainn gur e fìor dheagh chomharra a th' ann nu-




Tha Pàrlamaid nan Oilleanach na fhìor eisimpleir air fear de phròiseactan soirbheachail na h-Iomairt agus (chun làimh dheis) Alasdair Caimbeul e fhèin

air a tha daoine a' tighinn an-àirde le na beachdan aca fhèin, agus nuair a tha a' mhisneachd aca airson na beachdan seo a chur an cèill agus iarraidh air buidheann mar ICC taic a thoirt dhaibh. Ach an uair sin, bu chòir buannachdan maireannach a thighinn às na beachdan is pròiseactan seo. Agus 's e sin aon an dha na rudan airson a bheil ICC an còmhnaidh a' strì: faighinn luach às an airgead a tha iad a' cosg

Rud a tha math mu ICC: ma tha cuideigin a' smaoinneachadh gu bheil beachd math aca a thaobh dè an dòigh as fhearr na h-amasan againn a choileanadh faodaidh iad iarrtas-maoineachaidh a chur a-staigh airson a' phròiseact a thoirt gu buil. Ann am beagan bhliadhnaichean, tha an Iomairt air saothair mhòr a dhèanamh gus na ceanglaichean eadar Gaidheil ann an Alba is Èirinn a

neartachadh. Ach 's iad na Gaidheil fhèin a tha air tòrr dhen obair seo a dhèanamh. A thaobh dè tha ron Iomairt: ged a tha tòrr bheachdan aig ICC fhèin a thaobh foghlaim, an eaconomaidh, nan ealain, cultair is eile, tha e gu mòr an urra ris a' mhòr shluagh cuideachd agus cho cruthachail 's a iad fhèin. Airson tuilleadh fiosrachaidh air Iomairt Cholm Cille faicibh www.colmille.net.



An Gàidheal Ùr

Ainm
 Sohladh.....
 Ordugh Postachd

Breatainn	£13.00 <input type="checkbox"/>
An Roinn-Eòrpa post-adhair	£15.00 <input type="checkbox"/>
Zone 1 post-adhair	£20.00 <input type="checkbox"/>
Zone 2 post-adhair	£26.00 <input type="checkbox"/>

Deànaibh seicean a-mach gu **An Gàidheal Ùr** mas e ur toil e.

Ainm Sgrìobhte.....

Tillibh seo gu: An Gàidheal Ùr, Taigh a' Mhòrair Leverhulme, Ceàrnag Phearsabhail, Steòrnabhagh, Eilean Leòdhais HS1 2DD

An Gàidheal Ùr

THA AN GAIDHEAL ÙR A' GABHAIL SHANASAN MU CHOMPANAIDHEAN, SHEIRBHISEAN NO THACHARTASAN

Cuiribh fòn thugainn an-diugh!
 01851 703487

“Aig Cridhe ar Ciùil” a’ ruith thairis air trì siostaman sgaoilidh

Feach nach caill sibh Aig Cridhe ar Ciùil — sreath ùr trì-fhillte bho BBC Craoladh nan Gàidheal mu bheartas nan òran Ghàidhlig, a’ tòiseachadh a-nochd (Diardaoin 10 Màrt) air an telebhisean, air an rèidio agus air an eadar-lìon.

Sna ochd seachdainean a tha romhainn, seallaidh na prògraman a chithear air BBC a Dhà Alba, BBC Radio nan Gàidheal agus bbc.co.uk/alba, air na h-òrain agus an dlùth cheangal a tha eadar òrain, cànan, dùthaich, agus sluagh. Gach seachdain seallaidh na prògraman air cuid de na prìomh chuspairean a tha rin lorg ann an òrain Ghàidhlig, leithid Cogadh, Àb-hachdas, Gaol-dùthcha agus Creideamh, agus san 2 mhios a tha romhainn gheibhear ath-shùil air saoghal nan òran Ghàidhlig tro na sreathan eadar-dhealaichte seo.

‘S e Calum Dòmhnallach bho Runrig a tha ag aithris san t-sreath telebhisein, agus chithear am prògram aig 1900 gach feasgar Diardaoin air BBC a Dhà Alba (a’ tòiseachadh a-nochd, Diardaoin Màrt). ‘S e turas ciùil air leth a bhios an seo le measgachadh sònraichte de dh’òrain a chaidh a chlàradh às ùr, seann chlàraidhean clùiteach, fiosrachadh, beachdan pearsanta, sgeulachdan, agus dreach dhealbh a bhios simplidh ach cumhachdach aig an aon àm. Gu dearbha tha sinn an dùil gum faighear an t-sreath an dà chuid misneachail agus brosnachail. Thar an t-sreatha gheibhear dreachan ùra air òrain — cuid air a bheilear eòlach, ‘s cuid a bhios ùr dhuibh — is sàr sheinneadairean na Gàidhlig a’ gabhail pàirt. ‘S e Gaol cuspair a’ chiad phrògram, agus tha òrain againn bho Jenna Chuimeanach, Màiri Anna NicUalraig, Mairead Nic’IllFhaolain agus Raonaid Walker.

Cluinnear an t-sreath rèidio aig 1030 gach madainn Disathairne air BBC Radio nan Gàidheal. Anns a’ chiad phrògram air Disathairne 12 Màrt, bidh Aonghas Phàdraig Caimbeul a’ bruidhinn ri Mòrag Dhòmhnallach mu na h-òrain gaoil as fheàrr leis fhèin, is Julie Fowles is Pòl MacCaluim a’ seinn nan òran. Chaidh am prògram a chlàradh aig Taigh-tasgaidh Chill Donnain air a’-oigheachd aig Comann Eachdraidh Uibhist a Deas.

Cuimhnichibh air na làithean seo gach seachdain bho 10 Màrt (an diugh) ma-thà — Aig Cridhe ar Ciùil

- Air an telebhisean gach Diardaoin aig 1900 air BBC a Dhà Alba.
- Air an rèidio gach Disathairne aig 1030 air BBC Radio nan Gàidheal.
- Agus air an làraich-lìn shònraichte — bbc.co.uk/aigcridhearciuil An dòchas gun còrd e ribh! Leigibh fios thugam.

Seumas Mac an t-Sagairt. Riochdaire



Air an eadar-lìon, air an rèidio agus air an telebhisein, gheibh an luchd-èisteachd cothrom gu leòr air an t-sreath ùr.

LÀ NA SRÒINE DEIRGE AIR BBC RADIO NAN GAIDHEAL

‘Se Coinneach MacIomhair is coireach. “Am faod mise,” ars esan ‘2gu4 a dhèanamh?’ agus sinn a’ bruidhinn air amaideas a b’ urrainn dhuinn a bhith ris air Là na Sròine Deirge airson Comic Relief. Chan eil fhios againn an robh e dha-rìribh ach tha e nis dha-rìribh dol am measg nan clàr airson a thaghadh-ciùil a thoirt dhuinn. (Ach b’ fheudar dhuinn a dhiùltadh nuair a dh’iarr e Des o’ Connor. Duilich Des.) Ach, hoi, cò dheigheadh an àite Choinnich? “Mise, mise, mise!” arsa Niall-Iain agus e air a ghlùinean. (Tha am balach furast’ a riarachadh.)

Chuir sinn an uairsin na bh’ air fhàgail de chlàran ‘icD-hòmhnail troimhe-chèile.

Chaidh Mòrag a chur gu na naidheachdan (tuilleadh mun sin a-rithist), Seumas gu na h-òrain agus Cathy, uill, thug sinn cuireadh do Mhac’illemhicheil a bhith air a’-oigheachd air a’-phrògram aige fhèin agus ‘s e esan a bhios a’ freagairt nan ceist agus Cathy gan cur air. (Ma bhios briseadh-puirt orra airson port ‘s e miorbhall a bhios ann.)

Bha sin a-rèisd an là air a chur air doigh ach beàrn aig meadhan-là agus cò b’fheàrr a chuireadh duine a ghàireachdainn an teis mheadhan a h-uile duine a th’ ann ach Derek “Pluto” Moireach agus a chàirdean bho RanDan. Dà uair a thide le cothrom na fèinne agus naidheachdan nach cuala sibh a leithid air Radio nan Gàidheal. Chan eil duine sàbhailt! ‘S chan eil Caitheamh Ciùil, Aileag no na Dùrachdan a-mach às a bharrachd agus iad sin cuideachd a’ toirt an dreach fhèin air cùisean.

Là mòr far am faod rud sam bith tachairt. Feuch gun cuir sibh ur làmh nur pòcaid airson beagan airgead a chur ri Comic Relief. Gheibh sibh an tuilleadh fiosrachaidh mu Là na Sròine Deirge air www.rednoseday.com.

Là na Sròine Deirge air BBC Radio nan Gàidheal, Dihaoine 11mh den Mhàirt.





Comhairle nan Eilean

Taigheadas na Comhairle

Thèid faisg air £100 millean a chosg air leasachadh taigheadais gu ìre na 21mh linne anns na h-Eileanan Siar ri linn 's gun deach stoc taigheadais na Comhairle a chur a-null gu Co-chomann Taigheadais Innse Ghall, (HHP), buidheann taigheadais neo-phrothaideach. B' e sin an teachdaireachd a thàinig bho HHP an dèidh dhaibh am plana-gnìomhachais aca a thoirt seachad dhan Chomhairle.

Maoinichidh am prògram-tasgaidh tomadach, a thig an gnìomh ma bhòtas luchd-màil na Comhairle airson an atharrachaidh, leasachaidhean thaighean, seirbheis càraidh nas fheàrr agus prògram ùr-thogail a thogas còrr air 270 taigh ruigsinneach anns na h-Eileanan Siar. Rì linn a' phrògram ùr-thogail seo thèid taighean ùra so-ruigsinneach an-àrde airson a' chiad uair ann an còrr is deich bliadhna is coinnichidh iad an ìre àrd fheumalachd taigheadais a th' air feadh nan eilean.

Tha plana gnìomhachais HHP a' cur mholaidhean air adhart airson stoc taigheadais na Comhairle gu h-iomlan de mu 1900 dachaigh a chur a-null gu seilbh choimhearsnachd HHP. Tha na planaichean — ma gheibh iad aonta na Comhairle agus Riaghaltas na h-Alba — a' toirt gealltanais do luchd-màil air màil so-ruigsinneach, còraichean tèarainte, a thuilleadh air a' phrògram tasgaidh ioma-mhillein. Tha iad cuideachd a' mineachadh mar a bheir an co-chomann ùghdarras do luchd-màil ann a bhith tighinn gu co-dhùnaidhean, le luchd-màil nam buill air prìomh bhòrd co-dhùnaidhean HHP.

A' bruidhinn aig gabhail-thairis a' phlana-gnìomhachais thuirt ceann-suidhe HHP Seòras Lonie, tha a h-uile duine aig HHP air a bhith ag obair cruaidh air a' phlana-gnìomhachais seo, a tha a' riochdachadh àm ùr do thaigheadas sòisealta anns na h-Eileanan Siar. Tha sinn gu tur làidir ann a bhith a' dèanamh

atharrachaidhean bunaiteach ann an seirbheis an taigheadais.

Tha a' bhuidheann seo airson luchd-màil a chur an toiseach, le riochdairean bho luchd-màil nam buill den phrìomh bhòrd is de bhùird roinne, a' dèanamh cinnteach gun tèid co-dhùnaidhean airson luchd-màil a dhèanamh le luchd-màil.

Bheir co-dhùnadh cinnteach le luchd-màil aig a' bhaileat an cothrom dhuinn tòiseachadh a' togail dhachaighean ùra rìatanach agus cothrom prògraman càraidh is leasachaidh a thoirt air adhart dhan luchd-màil a th' againn.

Le fiachan an taigheadais air am pàigheadh bidh an cothrom nach tig glè thrìc againn airson fìor bhuidh a thoirt air ar coimhearsnachdan.

A' cur fàilt' air na molaidhean thuirt Aonghas Caimbeul, iar neach-gairm na Comhairle, tha mi a' cur meal an naidheachd air HHP airson na h-obrach chruaidh a chuir iad, gu follaiseach, a-steach ann a bhith a' leasachadh am molaidhean an dèidh dhaibh cuireadh fhaighinn bhon Chomhairle am planaichean a chur air adhart airson gabhail thairis stuit. Tha sinn a-nis airson dèanamh cinnteach gu bheil molaidhean HHP a' toirt nan cothroman as fheàrr do luchd-màil.

Feumar cuideachd a thuigsinn nach tachair gabhail-thairis is a' bhuannachd a thig na lùib mura bhòt a' mhòr-chuid den luchd-màil a bhòtas air a shon sa bhaileat neo-eisneileach diomhair a ghabhas àite as t-samhradh. Chan urrainn dhan Chomhairle am pasgan ionmhais seo a mhaidsadh. Ma bhòtas luchd-màil air a shon tha cothrom ann air sochairean, chan ann a-mhàin dha luchd-màil ach dhan eaconomaidh ionadail san fharsaingeachd, a' cruthachadh obraichean ann an togail agus an gnìomhachasan co-cheangailte eile.



Aonghas Caimbeul agus Seòras Lonie bhon chomhairle

Comhairle Siar nan Eilean

DILEAS

CUIMHNEACHAIN PHRÌSEIL (PRECIOUS MEMORIES)

Leabhar air a dheasachadh le Dileas, Companaidh Iomairt Sgoil Sir E Scott.

Bidh caochladh sgeulachdan san leabhar seo bho air feadh Na Hearadh.

San leabhar againn, tha sgeulachdan pearsanta, sgeulachdan èibhinn, uirsgeulan is fionnsgeulan, seann chleachdaidhean, beul-aithris agus sgeulachdan spioradail.

Tha an leabhar dà-chànanach agus bidh dealbhan is aithrisean ann.

Tha an leabhar againn a' cosg £8.95, agus tha èarlais airson an leabhar againn a cheannach ri fhaighinn cuideachd.

Faodar an leabhar òrdachadh bho www.dileas.org.uk

no le sgrìobhadh gu
Dileas
Sgoil Sir E Scott
An Tairbeart
Eilean na Hearadh

Air neo le fòn a chur gu
0790 191 4382

Gheibhear an leabhar seo ri cheannach cuideachd ann am bùithtean



SGEAMA CEUMNACHAIDH NA H-EILEANAN AN IAR AGUS A' GHÀIDHEALTACHD

A' leantainn air cho soirbheachail sa bha Sgeama na bliadhna an uiridh tha Comunn na Gàidhlig a-nise a' sireadh ùidh bho oileanaich a tha an dùil ceumnachadh air an t-Samhradh seo airson pàirt a ghabhail ann an Cothrom Obrach Bliadhna anns Na h-Eileanan an Iar no air Ghaidhealtachd a' tòiseachadh san Lùnastal 2005. Aig an ìre seo bidh e an urra ri maoineachaidh bho Bhòrd na Gàidhlig, Iomairt na Gaidhealtachd is na Comhairlean Ionadail agus an ìre ùidh bhon luchd ceumnachaidh.

➡ A bheil sibh an dùil cùrsa Colaiste no Oilthigh a chrìochnachadh?

➡ A bheil sibh a' lorg obair far am bidh sibh a' cuir na sgilean agus an eòlas agaibh an sàs còmhla ri buidheann a tha cleachdadh na Gàidhlig anns na h-Eileanan an Iar no air Ghaidhealtachd?

➡ Am bu chaomh leibh cothrom obrach ann an raointean leithid craoladh, rannsachadh, rianachd, teicneòlas, margaidheachd no ealan?

➡ Dè mar a chòrdadh tuarastal bhliadhnail £15,000.00 ruibh?

Ma tha ùidh agaibh ann an seo nach fhàg sibh teachdaireachd againn aig: www.cna.org.uk/ agus bheir sinn tuilleadh fiosrachadh dhuibh nuair a gheibh sinn dearbhadh air maoineachadh an Sgeama.

SEIRBHEIS NAM MEADHANAN GÀIDHLIG

SÙIL AIR AIS

- Lìbhrig Comataidh Telebhisein Gàidhlig agus Comataidh Craolaidh Gàidhlig taic-airgid a chruthaich 2000 sair a thèid a chleachdadh air prògraman telebhisein.
- Chleòim seasaidh prògraman òrnat chaisrean aig lèibhean eadamaisanta.
- Chleòim nuòvan obrak hean a chleachdadh leith ann an craolaidh Gàidhlig.

SÙIL AIR ADHART

- Bheir Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig na bunaitsean nàgùireasais taic-saibh he.
- Geid a thèid aig piseas he meòr aig craolaidh Gàidhlig thas tulliesadh san amharc.
- Seòrsasaidh digiteas he aig leith agus na gèisrean a nì san comas aig prògraman amas.

Ainm ùr, cruth ùr, dleasdanas ùr, cumhachd ùr, comas ùr - agus co-throm na còrach do chraolaidh agus do choimhearsnachd na Gàidhlig.

SEIRBHEIS NAM MEADHANAN GÀIDHLIG

1aigh Shìphnàit
 10a harr Shìphnàit
 Sna Àmhhaigh
 Fìleas Fàidhain
 011 750

FÒNAIDH ÒR NÀGÙIREASAIS
 1 800 86 0195 / 716101

LEATHRAN ÒR NÀGÙIREASAIS

1aigh Shìphnàit
 1aigh Shìphnàit
 1aigh Shìphnàit
 Fìleas Fàidhain
 011 750

SEIRBHEIS NAM MEADHANAN GÀIDHLIG